

Bile Chòraichean Daonna do dh'Alba: Co-chomhairle



An t-og Mhios 2023

RO-RÀDH BHON MHINISTEAR

“Ma bheirear spèis do do chòraichean, bidh thu a’ faireachdainn gu bheil luach ga chur annad mar neach.” – **ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

“Ma thèid còraichean daonna a chur an gnìomh gu ceart, tha buannachdan mòra ann do choimhearsnachdan dhaoine nach d fhuair an cuid chòraichean gu h-eachdraidheil agus air an deach leth-bhreith a dhèanamh.” – **ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

Is e dùthaich in-ghabhalach an latha an-diugh a th’ ann an Alba a tha a’ toirt spèis do, a’ dìon, agus a’ coileanadh gach còir daonna a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta. Tha sinn air adhartas mòr a dhèanamh còmhla nar slighe a dh’ionnsaigh chòraichean daonna agus tha sinn air gealltainn gun tèid sinn nas fhaide tro Bhile Chòraichean Daonna ùr a bhios a’ gabhail a-steach inbhean chòraichean daonna eadar-nàiseanta a chaidh a shoidhnigeadh agus a dhaingneachadh leis an RA mar-thà ann an lagh na h-Alba.

Le bhith a’ cur chòraichean daonna eadar-nàiseanta an sàs ann an Alba, cuiridh sinn barrachd cuideim air cho cudromach ’s a tha e gun tèid dèiligeadh ri daoine le urram agus nì e cinnteach gu bheil àite nas cudromaiche buileach aig còraichean daonna nar ro-innleachdan, poileasaidhean agus pròiseasan co-dhùnaidh thar gach raon den riaghaltas agus san roinn phoblaich san fharsaingeachd. Tha a’ cho-chomhairle seo air na molaidhean airson Bile Chòraichean Daonna a thèid a thoirt a-steach dhan t-seisean seo ann am Pàrlamaid na h-Alba a’ sireadh bheachdan a h-uile duine air an t-sealladh sin.

Fhuair sinn comhairle bho eòlaichean san raon seo. Chruthaich a’ Bhuidheann-gnìomh Nàiseanta air Ceannardas Chòraichean Daonna, air an robh mi nam cho-chathraiche roimhe còmhla ris an Àrd-ollamh Alan Miller, mapa-rathaid àrd-amasach airson a bhith a’ toirt a-steach inbhean chòraichean daonna eadar-nàiseanta, a nì cinnteach gun cleachd buidhnean poblach dòigh-obrach stèidhichte air còraichean agus a chuireas ri cothroman air ceartas. Tha Bòrd an Eòlais Bheatha againn air fianais dhrùidhteach a thoirt seachad mu na dh’fhiosraich iad, a chaidh a cho-roinn gu ìre tron cho-chomhairle seo mar chuimhneachan air na tha sinn ag iarraidh coileanadh – Bile a bheir piseach air beatha muinntir na h-Alba.

Tha cultar chòraichean daonna làidir aig Alba, cho math ri rèiteachadh bun-reachdail a tha a’ fighe a-steach prìomh chòraichean catharra agus poilitigeach ann an cridhe insitudan deamocratach na h-Alba mar-thà. Ach, tha an rèiteachadh fèin-riaghlaidh a’ cur bacadh oirnn a thaobh dè cho fada ’s as urrainn dhuinn a dhol a thaobh dìon chòraichean – a’ gabhail a-steach còraichean eaconamach, sòisealta, cultarail agus àrainneachdail bunaiteach nach eil air an dìon mar-thà ann an lagh na h-Alba. Tha breithneachadh Prìomh-chùirt na RA air Bile Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (Corpachadh) (Alba) air aire shònraichte a thoirt do na cuingealachaidhean sin.

Tha na còraichean daonna a th’ againn mar-thà ann an cunnart cuideachd. An-uiridh, thug Riaghaltas na RA molaidhean air adhart gus Achd nan Còraichean Daonna 1998 ais-ghairm agus “Bile Chòraichean” a chur na h-àite. Ged nach eil na

molaidhean sin air adhartas a dhèanamh aig Pàrlamaid na RA fhathast, tha iad a' dearbhadh aon uair eile cho mì-chinnteach 's a tha an suidheachadh anns a bheil sinn ag obair.

Ged nach urrainn ach neo-eisimeileachd leigeil leinn gach còir a thoirt a-steach gu h-iomlan ann an lagh na h-Alba, tha sinn airson na cumhachdan a th' againn mar-thà a chur gu feum gus cultar chòraichean daonna na h-Alba àrdachadh. Tha e na cheum riatanach agus cudromach do dh'Alba a-nis a bhith a' corpachadh nan cùmhnantan seo, a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach còir air àrainneachd fhallain taobh a-staigh crìochan nan cumhachdan tiomnaichte.

Le bhith a' cur nan inbhean seo an gnìomh gu laghail, faodaidh Alba dèanamh cinnteach nach e roghainn phoilitigeach a th' ann a bhith a' cur fòcas leantainneach air còraichean bunaiteach leithid slàinte, taigheadas agus inbhe beatha. Mar sin cuidichidh am Bile seo gus dèiligeadh ri bochdainn agus neo-ionannachd, cuidichidh e le bhith a' libhrigeadh àrainneachd nas fheàrr airson nan ginealaichean ri teachd, libhrigidh e seirbheisean poblach nas treasa agus bheir e piseach air beatha nan daoine as iomallaiche agus as bochda nar comann-sòisealta.

Cha libhrig am Bile seo cruth-atharrachadh sa bhad. 'S ann a chruthaicheas e frèam-obrach laghail anns an urrainn dhuinn còraichean daonna eadar-nàiseanta a stèidheachadh ann an lagh na dùthcha agus a bhith a' cur air adhart atharrachadh cruth-atharrachail math do dhaoine - a' toirt cumhachd dhaibh gus an cuid chòraichean a sheasamh. Ma tha còraichean daonna gu bhith cruth-atharrachail san dòigh seo, feumaidh cunntachalachd a bhith aig cridhe an fhrèam-obrach. Tha àite aig an riaghaltas, buidhnean poblach, na cùirtean, agus buidhnean sgrùdaidh neo-eisimeileach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt spèis, dìon agus coileanadh do chòraichean daonna – agus mar sin tha sinn airson dòigh-obrach ioma-bhuidhneach a thogail a tha a' fighe a-steach cultar de smaoinneachadh stèidhichte air còraichean daonna tarsainn na roinne poblaich a chuireas còraichean daonna aig cridhe cho-dhùnaidhean. Nì seo cinnteach gum bi daoine a' cumail, gu ìre nas fheàrr, ris na h-inbhean sin bhon chiad dol a-mach agus, far a bheil cùisean air a dhol ceàrr, gum bi e ga dhèanamh nas fhasa do dhaoine luchd-giùlain dhleastanasan a chumail cunntachail.

Tha a bhith a' cur nan còraichean eadar-nàiseanta sin dhan lagh agus ag aithneachadh còir air àrainneachd fhallain na chomharra cudromach de dhlùth-phàirteachas dhan choimhearsnachd chruinneil gu bheilear a' toirt taic do riaghladh an lagha eadar-nàiseanta agus do dhìon chòraichean. Aig àm nuair a tha còraichean ann an cunnart agus air am briseadh air feadh an t-saoghail, agus factaran a tha ag adhbharachadh sgaradh a' fàs cumanta agus institiudan eadar-nàiseanta fo chuideam, le bhith a' stèidheachadh nan còraichean sin san lagh thathar a' lasadh lòchran dòchais airson an ama ri teachd. Tha e a' sealltainn dealas leantainneach na h-Alba gus cumail ri inbhean lagha eadar-nàiseanta air an soidhnigeadh agus air an daingneachadh leis an RA.

Tha togail cultar chòraichean daonna an urra ris a h-uile duine. Tha do bheachdan deatamach dhan phròiseas seo, agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri cluinntinn bhuaibh.

Shirley-Anne Somerville
Rùnaire a' Chaibineit airson Ceartas Sòisealta

[Cò ris a bhiodh Alba nas cothromaiche coltach?] “Bhiodh tòrr rudan eadar-dhealaichte oir bhiodh tu air do ghabhail a-steach agus bhiodh daoine toilichte.” - ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha

Clàr-innse

RO-RÀDH BHON MHNISTEAR.....	2
PÀIRT 1: SLIGHE CHÒRAICHEAN DAONNA NA H-ALBA.....	7
Còraichean Daonna Eadar-nàiseanta	7
Còraichean Daonna agus Fèin-riaghlaidh	8
A' togail Ceannardas Chòraichean Daonna ann an Alba	8
PÀIRT 2: NA THA SINN AIRSON COILEANADH.....	11
PÀIRT 3: NA CÒRAICHEAN.....	13
An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach (ICESCR)	13
An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith cinnidh (ICERD).....	13
An Cùmhnant air cur às do gach seòrsa leth-bhreith an aghaidh bhoireannaich (CEDAW).....	13
Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean nan Daoine air a bheil Ciorram (CRPD).....	14
Còraichean a bharrachd	14
PÀIRT 4: A' STÈIDHEACHADH CÒRAICHEAN NAN CÙMHNANTAN SAN LAGH	15
A' cur urram daonna aig cridhe a' Bhile.....	15
Ullachadh eadar-mhìneachaidh – a' cumail ceangal làidir ri siostam chòraichean daonna eadar-nàiseanta.	16
Modal Stèidheachaidh	17
A' cleachdadh teacsa a' Chùmhnant	18
A' dèiligeadh ri mar a tha co-ionannachd chothroman glèidhte	19
Am modail a tha sinn a' moladh.....	20
PÀIRT 5: AG AITHNEACHADH NA CÒRACH AIR ÀRAINNEACHD FHALLAIN ..	23
PÀIRT 6: A' GABHAIL A-STEACH CÒRAICHEAN A BHARRACHD AGUS A' CUR CO-IONANNACHD AN SÀS.....	26
Còraichean Catharra agus Poilitigeach	26
Com-pàirteachas.....	27
Ullachadh co-ionannachd taobh a-staigh a' Bhile.....	28
Còraichean do sheann daoine.....	29
Daoine LGBTI	30
PART 7: NA DLEASTANASAN.....	32
Cò ris a bhios na dleastanasan a' buntainn	32
Dleastanas Modha Tùsail.....	33
Dleastanas coileanaidh.....	33

Ag aithris	34
A' cur an gnìomh Chòraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach agus Còir air Àrainneachd Fhallain mean air mhean	34
Bun-dhleastanasan airson Chòraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach agus Còir air Àrainneachd Fhallain	35
Dleastanas Sgeama Chòraichean Daonna fhoillseachadh.....	37
PÀIRT 8: A' DÈANAMH CINNTEACH GUM FAIGH LUCHD-SEILBH CHÒRAICHEAN COTHROM AIR CEARTAS	39
Tagradh.....	42
Taic Laghail	43
A' toirt piseach air làimhseachadh ghearan.....	44
Ag àrdachadh gearan	44
Cumhachdan aig Coimisean Chòraichean Daonna na h-Alba (SHRC)	46
A' faighinn cothrom air ceartas tro na cùirtean	48
Cò as urrainn cùisean a thogail?	48
Inbhe ath-bhreithneachaidh.....	49
Fuasglaidhean Laghail.....	50
A' dèiligeadh ri neo-chòrdachd	52
PÀIRT 9: A' CUR ACHD CHÒRAICHEAN DAONNA ÙR NA H-ALBA AN GNÌOMH	53
A' cur na h-Achd an Gnìomh	53
Bun-dhleastanasan	54
Sgeama Chòraichean Daonna	54
Sgrùdadh pàrlamaideach	56
Stiùireadh agus togail comais do bhuidhnean poblach	57
Fiosrachadh agus togail mothachaidh do luchd-seilbh chòraichean	58
PÀIRT 10: NA H-ATH-CHEUMAN.....	60
A' Cho-chomhairle.....	60
MAR A NITHEAR FREAGAIRT	62

PÀIRT 1: SLIGHE CHÒRAICHEAN DAONNA NA H-ALBA

Tha am pàirt seo den cho-chomhairle a' mìneachadh slighe chòraichean daonna na h-Alba, mar cho-theacs airson molaidhean a' Bhile.

Còraichean Daonna Eadar-nàiseanta

Chaidh gabhail ris a' Ghairm Uile-choitcheann air Còraichean Daonna (UDHR) aig na Dùthchannan Aonaichte (UN) ann an 1948, nuair a bha an saoghal ag ath-shlànachadh bho uamhas an Dàrna Cogaidh. Mhìnich seo airson a' chiad uair na còraichean daonna – sìobhalta, poiliteigeach, eaconamach, sòisealta agus cultarail – air a bheil a h-uile duine air feadh an t-saoghail airidh. Bha e na mheadhan air cùmhnantan chòraichean daonna a bhith air an aontachadh le dùthchannan air feadh an t-saoghail, a' gabhail a-steach a' Chùmhnaint Eadar-nàiseanta air Còraichean Catharra is Poilitigeach (ICCPR) agus a' Chùmhnaint Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarail (ICESCR). **Còmhla, is e Bile Eadar-nàiseanta nan Còraichean a chanar ris na trì prìomh ionnstramaidean chòraichean daonna eadar-nàiseanta seo agus tha iad a' toirt seachad mòran den bhunait airson còraichean daonna gu h-eadar-nàiseanta.**

Chaidh cùmhnantan airson boireannaich agus buidhnean sònraichte aontachadh cuideachd bho chaidh gabhail ris an UDHR, a' gabhail a-steach a' Chùmhnaint Eadar-nàiseanta air Cur às do Gach Seòrsa Leth-bhreith Cinnidh (ICERD), a' Chùmhnaint air cur às do gach seòrsa leth-bhreith an aghaidh boireannaich (CEDAW), Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh (UNCRC) agus a' Chùmhnaint air Còraichean Dhaoine air a bheil Ciorram (CRPD). Tha Cùmhnant an-aghaidh Creòtachadh (UNCAT) cuideachd a' cur prionnsabal soilleir air adhart a thaobh casg air làimhseachadh neo-dhaonndachail agus maslach.

Còraichean Daonna san RA

Bho chaidh gabhail ris an UDHR ann an 1948, tha Riaghaltas na RA air na cùmhnantan seo a shoidhnigeadh agus a dhaingneachadh, a tha a' ciallachadh gu bheil iad air aontachadh cumail ris na còraichean agus na dleastanasan a tha annta agus an cur an gnìomh.

Clàr-ama air Daingneachadh Cùmhnantan Chòraichean Daonna leis an Rìoghachd Aonaichte

Cùmhnant	Bliadhna Daingnichidh
An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith cinnidh (ICERD)	1969
Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Catharra is Poilitigeach	1976
Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach	1976
Cùmhnant air Lethbhreith an aghaidh Bhoireannaich	1986
Cùmhnant an-aghaidh Creòtachadh	1988
Cùmhnant air Còraichean an Leanaibh	1991

Bha an RA gu mòr an sàs ann a bhith a' cruthachadh Cùmhnant Eòrpach nan Còraichean Daonna (ECHR) agus b' i an RA a' chiad stàit a dhaingnich e ann an 1951. Ann an 1998, thug Achd nan Còraichean Daonna còraichean anns an ECHR a-steach do lagh na dùthcha, a bha a' ciallachadh gum b' urrainn do chùirtean na RA a-nis dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri còraichean daonna a tha air am mìneachadh sa Chùmhnant. Thar nam bliadhnaichean tha an RA air pìosan reachdais eile a chruthachadh agus aontachadh a tha air còraichean daonna agus co-ionannachd a dhìon, agus tha Achd na Co-ionannachd 2010 air grunn phìosan eadar-dhealaichte de reachdas an-aghaidh lethbhreith a dhaingneachadh agus tha i a-nis mar bhunait air lagh co-ionannachd san RA.

Còraichean Daonna agus Fèin-riaghlaidh

Tha Achd na h-Alba 1998, a chruthaich Pàrlamaid na h-Alba, a' cur dìon chòraichean daonna a-steach do bhun-stèidh na rèite fèin-riaghlaidh. Fon achd, faodar cur às do laghan Albannach nach eil a rèir còraichean ECHR, agus mar sin feumaidh Ministearan na h-Alba cumail ris na còraichean sin. Tha co-ionannachd chothroman glèidhte aig Pàrlamaid na RA gu ìre mhòr, ach tha cumhachdan aig Pàrlamaid na h-Alba gus co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh agus co-ionannachd chothroman a riaghladh a thaobh ghnìomhan aig cuid de dh'ùghdarrasan poblach ann an Alba. Chaidh Coimisean Chòraichean Daonna na h-Alba a stèidheachadh ann an 2008, mar Institiud Nàiseanta Chòraichean Daonna na h-Alba, gus còraichean daonna adhartachadh agus a dhìon. Bho chionn ghoirid, dh'aontaich Pàrlamaid na h-Alba Bile Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh (Corpachadh) (Alba) (Bile UNCRC), a tha ag amas air an cùmhnant sin a stèidheachadh gu dìreach ann an lagh na h-Alba – ged a tha dàil air a bhith ann a bhith a' toirt seo air adhart ri linn ullachaidhean innte a bhith air an cur às le Prìomh-chùirt na RA às dèidh do Riaghaltas na RA a chur air adhart chun na cùirte. Tha Buidheann Nàiseanta ann am Frèam Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba (NPF) – a tha a' mìneachadh lèirsinn Riaghaltas na h-Alba mun t-seòrsa dùthaich a tha sinn airson cruthachadh – *'tha spèis againn air còraichean daonna, tha sinn gan dìon agus gan coileanadh agus tha sinn saor bho lethbhreith'*.¹ Tha sinn cuideachd air Plana Gnìomh Nàiseanta co-obrachail (SNAP) a chruthachadh² gus buileachadh chòraichean adhartachadh agus gus cultar chòraichean a thogail air feadh na h-Alba.

A' togail Ceannardas Chòraichean Daonna ann an Alba

Ann an 2018, stèidhich am Prìomh Mhinistear aig an àm Nicola Sturgeon BPA Buidheann Comhairleachaidh neo-eisimeileach air ceannardas Chòraichean Daonna (FMAG) le eòlaichean chòraichean daonna agus chaidh iarraidh orra sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidheann a bhiodh aig an RA a bhith a' fàgail an AE air còraichean daonna agus dè an dòigh as fheàrr gus na còraichean daonna uile a dhìon agus a

¹ [Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta - Dachaigh - \(www.nationalperformance.gov.scot\)](http://www.nationalperformance.gov.scot)

² <https://www.snaprights.info/>

bhrosnachadh anns gach suidheachadh a dh'fhaodadh a bhith ann.³ Gu sònraichte, chaidh iarraidh orra molaidhean a dhèanamh “*air mar as urrainn do dh' Alba cumail oirre a bhith na deagh eisimpleir a thaobh chòraichean daonna, a' gabhail a-steach còraichean eaconamach, sòisealta, cultarail agus àrainneachdail*”.⁴ Dh'aithris am FMAG san Dùbhlachd 2018, agus iad a' moladh Achd Pàrlamaid na h-Alba a bheir stiùireadh seachad a thaobh chòraichean daonna a bhios air a cruthachadh tro phròiseas com-pàirteachaidh poblach agus air a stiùireadh le stèidheachadh Buidheann-ghnìomh Nàiseanta ùr.

Chuir am Prìomh Mhinistear aig an àm fàilte air co-dhùnaidhean FMAG, agus chaidh Buidheann-ghnìomh a stèidheachadh gus na molaidhean aca a thoirt air adhart, agus gus dèanamh cinnteach gun robh an obair seo air a stiùireadh le conaltradh bhon phoball le beachdan bho air feadh na roinne poblaich agus a' chomainn chatharra. Dh'aithris a' Bhuidheann-ghnìomh sa Mhàrt 2021, a' dèanamh 30 moladh airson a bhith a' stèidheachadh frèam-obrach reachdail airson còraichean daonna gus còraichean daonna a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta a thoirt a-steach do lagh na h-Alba. Gu sònraichte, mhol an aithisg sin gum bu chòir dhan fhrèam-obrach ùr ceithir cùmhnantan chòraichean daonna eadar-nàiseanta a stèidheachadh ann an lagh na h-Alba.⁵

- Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach (ICESCR)⁶
- an Cùmhnant air cur às do gach seòrsa leth-bhreith an aghaidh bhoireannaich (CEDAW)⁷
- An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith cinnidh (ICERD)⁸
- Cùmhnant air Còraichean nan Daoine air a bheil Ciorram (CRPD)⁹

Mhol a' Bhuidheann-ghnìomh cuideachd gum bu chòir còir air àrainneachd fhallain a bhith san fhrèam-obrach; gum bi e a' gabhail a-steach clàs co-ionannachd a tha a' co-thaobhadh ri Achd na Co-ionannachd 2010 agus a' toirt cothrom co-ionann air na còraichean a tha sa Bhile dhan a h-uile duine, a' gabhail a-steach daoine LGBTI.¹⁰

³[Buidheann Comhairleachaidh a' Phrìomh Mhinistear air Ceannardas Chòraichean Daonna | Dachaidh - \(www.humanrightsleadership.scot\)](#)

⁴Cumhachan Iomraidh na buidhne: [Buidheann Comhairleachaidh a' Phrìomh Mhinistear air Ceannardas Chòraichean Daonna | Dachaidh - \(www.humanrightsleadership.scot\)](#)

⁵[Aithisg na Buidhne-ghnìomh Nàiseanta airson Ceannardas a thaobh Chòraichean Daonna](#). Tha cur an sàs [a' Chùmhnant air Còraichean an Leanaibh \(pdf\) - \(www.ohchr.org\)](#) (UNCRC) a' dol air adhart mar-thà tro Bhile an UNCRC (Corpachadh) (Alba)

⁶[Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach \(pdf\) - \(www.ohchr.org\)](#)

⁷Bha Riaghaltas na h-Alba air gabhail ri moladh bho Chomhairle Nàiseanta nam Ban is nan Nigheanan roimhe gus CEDAW ([Cùmhnant air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith an aghaidh bhoireannaich \(pdf\) \(www.ohchr.org\)](#)) a stèidheachadh ann an lagh na dùthcha. [Comhairle Comhairleachaidh Nàiseanta a' Phrìomh Mhinistear air Boireannaich is Nigheanan - A' Chiad Aithisg agus Molaidhean 2018 \(pdf\) - \(www.onescotland.org\)](#) air taobh-duilleig 19

⁸[An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith cinnidh \(pdf\) - \(www.ohchr.org\)](#)

⁹[Cùmhnant air Còraichean nan Daoine air a bheil Ciorram \(pdf\) - \(www.ohchr.org\)](#)

¹⁰ Tha a' cho-chomhairle a' cleachdadh an ainm “LGBTI”, leis an litir “I” a' ciallachadh “intersex” no eadar-ghnèitheach. Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gum b' fheàrr le cuid de bhuidhnean agus

agus a' toirt a-steach còir do sheann daoine. Bheachdaich iad cuideachd air cùisean co-cheangailte ri cothrom air ceartas, togail comais, com-pàirteachadh agus buileachadh.

Bho chaidh aithisg na Buidhne-gnìomh fhoillseachadh, tha sinn air diofar bhuidhnean a stèidheachadh gus ar cuideachadh le bhith a' cruthachadh mholaidhean gus na molaidhean aca a chur an gnìomh. Tha seo a' gabhail a-steach:

- **Bòrd Eòlas Beatha**, a chaidh a stèidheachadh gus aithneachadh cho cudromach 's a tha e cothrom a bhith aig a' phoball a bhith an sàs ann an cruthachadh an fhrèam-obrach seo. Tha ballrachd a' gabhail a-steach daoine is buidhnean nach cluinnear ach ainneamh le gnàth-eòlas air a bhith a' feuchainn ris na còraichean daonna aca a choileanadh. Tha 3 buidhnean eadar-dhealaichte air a' Bhòrd, le taic bho Cho-bhanntachd Chòraichean Daonna na h-Alba, Coimisean na h-Alba airson Chiorraman Ionnsachaidh agus Together: Caidreachas airson Chòraichean Chloinne. Tha am Bòrd air grunn aithisgean ullachadh mar thaic do na molaidhean co-chomhairleachaidh.¹¹
- **Bòrd Comhairleachaidh**, le Ministear airson Co-ionannachd, Imrich is Fògarraich mar chathraiche air a dhèanamh suas de raon de bhuidhnean tagraidh chòraichean daonna agus co-ionannachd agus buidhnean san treas roinn. Tha seo a' togail air obair a rinn a' Bhuidheann-gnìomh roimhe, oir bha an aithisg aca air a fiosrachadh agus air a co-riochdachadh le ìre chudromach de cho-obrachadh le luchd-ùidh le measgachadh farsaing de bhuidhnean, agus tha sinn gu mòr airson 's gum bi pròiseas in-ghabhalach coltach ri seo mar phàirt de chruthachadh a' Bhìle.¹²
- **Bòrd Gnìomha**, le Àrd-stiùiriche nan Coimhearsnachdan aig Riaghaltas na h-Alba sa chathair agus air a dhèanamh suas de dh'àrd luchd-co-dhùnaidh bho ùghdarrasan poblach, aig a bheil an dleastanas dèanamh cinnteach gu bheil comas air feadh na roinne poblaich am Bìle a bhuileachadh agus gus comhairle agus taic a thoirt seachad air ullachaidhean Bìle sònraichte a tha a' toirt buaidh air ùghdarrasan poblach.¹³

Tha an obair com-pàirteachaidh seo a rèir moladh na Buidhne-gnìomha gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba dòigh-obrach ùr-ghnàthach agus stèidhichte air còraichean daonna a chleachdadh gus am poball a thoirt a-steach ann a bhith a' cruthachadh an fhrèam-obrach.

dhaoine briathran leithid “eadar-dhealachaidhean ann an leasachadh gnè” no “caochlaidhean de dh'fheartan gnè” a chleachdadh seach “eadar-ghnèitheach”.

¹¹ Bòrd an Eòlais Bheatha air Bìle nan Còraichean Daonna - gov.scot (www.gov.scot).

¹² [Bòrd Comhairleachaidh Riaghladh agus Com-pàirteachadh air Còraichean-daonna - gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot)

¹³ [Bòrd Comhairleachaidh Riaghladh agus Com-pàirteachadh air Còraichean-daonna - gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot)

PÀIRT 2: NA THA SINN AIRSON COILEANADH

Tha am pàirt seo den cho-chomhairle a' mìneachadh nan amasan àrd-ìre againn airson a' Bhile.

Tha sinn airson:

- Togail air **còraichean daonna agus dìonan co-ionannachd a th' ann mar-thà**, a tha air an stèidheachadh ann an Achd na h-Alba 1998, Achd Chòraichean Daonna 1998 agus Achd na Co-ionannachd 2010, taobh a-staigh crìochan nan comasan tiomnaichte.
- Frèam-obrach **laghail soilleir, làidir agus ruigsinneach** a thoirt seachad a nì cinnteach:
 - **Gun urrainn do gach neach-seilbh chòraichean ann an Alba còraichean daonna eadar-nàiseanta a thuigsinn agus fhaighinn san dachaigh; agus**
 - **Gum bi a h-uile neach-giùlain dhleastanasan a' buileachadh chòraichean nas fheàrr an da-rìribh, a' freagairt gu h-ìomchaidh ri cùisean chòraichean mar a thig iad am bàrr, agus gun tèid an cumail cunntachail nuair a thèid cùisean ceàrr.**
- **Stèidhich na leanas ann an lagh na h-Alba**, taobh a-staigh crìochan chumhachdan tiomnaichte:
 - an Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach (ICESCR);
 - an Cùmhnant air cur às do gach seòrsa leth-bhreith an aghaidh bhoireannaich (CEDAW);
 - an Cùmhnant air Còraichean nan Daoine air a bheil Ciorram (CRPD); agus
 - An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith cinnidh (ICERD).
- Aithnich agus cuir a-steach **còir air àrainneachd fhallain**.
- Dèan cinnteach gu bheil na còraichean air an stèidheachadh san lagh ann an dòigh a nì cinnteach gum faigh a h-uile duine cothrom orra gun leth-bhreith tro **ullachadh co-ionannachd**, taobh a-staigh crìochan nan comasan tiomnaichte.
- Thoir seachad seata **dhleastanasan soilleir do bhuidhnean poblach** (a' gabhail a-steach, chun na h-ìre as motha 's a ghabhas, actairean prìobhaideach) a' coileanadh ghnìomhan poblach tiomnaichte ann an Alba, a thaobh nan còraichean anns a' Bhile, leis an amas dèanamh cinnteach chun na h-ìre as motha 's a ghabhas, gu bheil an lagh, poileasaidhean agus dèanamh cho-dhùnaidhean air fad le ùghdarrasan agus seirbheisean poblach na h-Alba a' cur ri adhartachadh farsaingeachd nan inbhean chòraichean daonna eadar-nàiseanta a tha sa Bhile.
- Cruthaich agus cuir air adhart **dòigh-obrach ioma-bhuidhneach** gus an urrainn do dh'institiudan ann an Alba – an Riaghaltas, a' Phàrlamaid, buidhnean poblach,

cùirtean agus buidhnean sgrùdaidh neo-eisimeileach – obrachadh còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil còraichean air an cumail suas agus gus cultar chòraichean daonna a chruthachadh.

- Dèan cinnteach gu bheil **slighean fuasglaidh** ann airson suidheachadh far an deach na còraichean aig daoine a bhriseadh ann an suidheachadh fa leth no gu siostamatach agus gu bheil na fuasglaidhean ruigsinneach, air prìs reusanta, ann an deagh àm agus èifeachdach.
- Tron Bhile agus obair nas fharsainge, **lean air adhart a' togail cultar chòraichean daonna** far am bi luchd-giùlain dhleastanasan a' cur chòraichean aig cridhe an cuid cho-dhùnaidhean, far am bi daoine a' tuigsinn dè na còraichean a th' aca agus mar a chuirear an sàs iad, agus far am bi sinn a' togail comann-sòisealta còmhla far a bheil a h-uile duine comasach air a bhith a bhith beò le urram daonna bunaiteach.

PÀIRT 3: NA CÒRAICHEAN

Tha a' phàirt seo den cho-chomhairle a' mìneachadh nan còraichean air an do bheachdaich a' Bhuidheann-ghnìomh – dè th' annta agus carson a tha iad ann. Tha an earrann seo ann air adhbharan mìneachaidh, gus susbaint fharsaing nan cùmhnantan a shealltainn. Bidh stèidheachadh laghail nan cùmhnantan sa Bhile taobh a-staigh crìochan nan comasan tiomnaichte agus tha sin a' fàgail nach bi e comasach an teacsa gu lèir anns na ceithir cùmhnantan air a bheilear a' beachdachadh gu h-ìosal a ghabhail a-steach sa Bhile, far a bheil e a' buntainn ri cùisean glèidhte.

An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach (ICESCR)

Air a dhaingneachadh leis an RA ann an 1976, tha an ICESCR a' mìneachadh nan dleastanasan a tha air stàitean (na dùthchannan sin a chuir ainm ris a' chùmhnant agus a dhaingnich e) gus na còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail a tha sa chùmhnant a ghealltainn, a bu chòir a chleachdadh gun leth-bhreith a thaobh cinneadh, dath, gnè, cànan, creideamh, beachd poilitigeach no eile, tùs nàiseanta no sòisealta, seilbh, breith no inbhe eile. Thathar an dùil gun tèid còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail a thoirt gu buil mean air mhean thar ùine a rèir stòrasan dùthcha. Am measg eile, tha na còraichean a leanas anns an ICESCR:

- A' chòir air obair agus air cumhaichean obrach iomchaidh (Alt 6 is 7)
- A' chòir aonaidhean-ciùird a chruthachadh agus gabhail ann an aonaidhean ciùird (Alt 8)
- A' chòir air tèarainteachd shòisealta (Alt 9)
- A' chòir air ìre-beatha iomchaidh (Ealain 11) a' gabhail a-steach:
 - A' chòir air biadh iomchaidh
 - A' chòir air aodach
 - A' chòir air taigheadas iomchaidh
- Còir air an ìre as àirde 's as urrainn de shlàinte chorporra is inntinn (Alt 12)
- A' chòir air foghlam agus air foghlam bun-sgoile an-asgaidh (Alt 13 is 14)
- Còir pàirt a ghabhail ann am beatha chultarach agus buannachdan fhaighinn bho adhartas saidheansail (Alt 15)

An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith cinnidh (ICERD).

Air a dhaingneachadh leis an RA ann an 1969, tha an ICERD a' toirt air stàitean poileasaidh a leantainn gus cur às do leth-bhreith cinnidh anns a h-uile cruth agus a bhith a' brosnachadh tuigse am measg gach cinneadh.

An Cùmhnant air cur às do gach seòrsa leth-bhreith an aghaidh boireannaich (CEDAW)

Air a dhaingneachadh leis an RA ann an 1986, tha an CEDAW a' cur dhleastanasan air stàitean a tha ag amas air cur às do leth-bhreith an aghaidh boireannaich. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' gabhail a h-uile ceum iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil làn leasachadh agus adhartas aig boireannaich gus dèanamh

cinnteach gum bi iad a' cleachdadh agus a' cur an sàs nan còraichean daonna agus saorsainnean bunaiteach air bunait a tha co-ionann ri fir.

Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean nan Daoine air a bheil Ciorram (CRPD)

Air a dhaingneachadh leis an RA ann an 2009, tha an CRPD a' mìneachadh chòraichean daonna aig daoine air a bheil ciorram agus na dleastanasan a tha air stàitean gus dèanamh cinnteach gum bithear ag adhartachadh agus a' làn choileanadh nan còraichean daonna agus saorsainnean bunaiteach airson gach duine air a bheil ciorram gun leth-bhreith de sheòrsa sam bith mar thoradh air ciorram.

Còraichean a bharrachd

Tha aithisg na Buidhne-gnìomha a' beachdachadh air còir air àrainneachd fhallain, còir do sheann daoine, còir air com-pàirteachadh, ag ath-aithris chòraichean catharra agus poilitigeach sa Bhile, agus is dòcha a bhith a' stèidheachadh Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte an-aghaidh Creòtachadh (CAT) san lagh tron Bhile. Tha barrachd mion-fhiosrachaidh mu na cùisean sin agus mun dòigh-obrach againn dhaibh air am mìneachadh ann an earrannan eile den cho-chomhairle seo.

NÒTA:

Tron cho-chomhairleachadh, bidh sinn uaireannan a' cleachdadh "cùmhnantan co-ionannachd" mar ghiorrachadh nuair a bhios sinn a' coimhead air ICERD, CEDAW agus CRPD còmhla. Tha còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail a' ciallachadh nam prìomh chòraichean ann an ICESCR.

PÀIRT 4: A' STÈIDHEACHADH CÒRAICHEAN NAN CÙMHNANTAN SAN LAGH

Tha a' phàirt seo den cho-chomhairle a' mìneachadh na dòigh-obrach a tha sinn a' moladh agus na tha sinn a' smaoinneachadh an-dràsta mu bhith a' stèidheachadh nan cùmhnantan san lagh againn – is iad sin:

- an Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach (ICESCR)
- An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith cinnidh (ICERD).
- An Cùmhnant air cur às do gach seòrsa leth-bhreith an aghaidh bhoireannaich (CEDAW) agus
- an Cùmhnant air Còraichean nan Daoine air a bheil Ciorram (CRPD)

'S e obair iom-fhillte a th' ann a bhith a' stèidheachadh nan ceithir cùmhnantan sin còmhla san lagh, agus aig an aon àm a bhith a' cur aghaidh air molaidhean nas fharsainge na Buidhne-gnìomha, a' gabhail a-steach a bhith ag aithneachadh agus a' toirt a-steach còir air àrainneachd fhallain. Chaidh na cùmhnantan a sgrìobhadh aig diofar amannan agus tha diofar ìrean de mhionaideachd annta. Tha àireamh mhòr de na còraichean a tha annta ag eadar-obrachadh le cùisean co-ionannachd chothroman a tha glèidhte ann an Achd na h-Alba 1998, a bharrachd air raointean glèidhte eile. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil am Bile gu soilleir taobh a-staigh chomasan tiomnaichte agus aig an aon àm a' coileanadh ar n-amasan farsaing.

A' cur urram daonna aig cridhe a' Bhile

“Nuair a bheir thu iomradh air còraichean daonna, canaidh daoine rudan mar, saoil carson a thuir i sin? Dè an ceangal a th' aig seo ri cuspair a' Bhile? Agus bidh mise ag ràdh, leis nach eil thu a' nochdadh urram sam bith, spèis sam bith dhan neach seo.” – **ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 9

Tha am frèam-obrach ag ràdh gur e amas an reachdais a' bhuidhe as motha a thoir air còraichean daonna agus a bhith ag aithneachadh gur e urram daonna an luach a tha mar bhunait air na còraichean daonna uile. Thathar a' moladh gun gabhadh seo a dhèanamh tro chlàs adhbhair.

Tha prionnsapal urram daonna ('s e sin ri ràdh luach in-ghnèitheach aig an neach) na phrìomh fheart de chùmhnantan chòraichean daonna an dà chuid gu h-eadar-nàiseanta agus gu roinneil. Tha ar conaltradh tro obair leasachaidh air a' Bhile cuideachd air sealltainn gu bheil urram daonna na inneal cuideachail ann a bhith a' tuigsinn agus a' mìneachadh prìomh chòraichean daonna agus còraichean bun-reachdail coimeasach. Mar sin, 's e ar rùn gun tèid urram daonna fhilleadh a-steach dhan fhrèam-obrach mar luach bunaitich a dh'fhaodar a chleachdadh ann a bhith a' leughadh agus a' mìneachadh an fhrèam-obrach gu h-iomlan. Tha seo faisg air mar a chaidh cùmhnantan chòraichean daonna eadar-nàiseanta a chur ri chèile agus thathar an dùil dèanamh cinnteach gum bi cothrom againn uile beatha le urram a bhith againn.

Is e ar moladh seo a choileanadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clàs mìneachaidh a' Bhile a' leigeil le cùirtean beachdachadh air urram nuair a bhios iad a' breithneachadh air na còraichean anns a' Bhile, le iomradh air teacsa chùmhnanntan agus stuthan eadar-nàiseanta. Bheireadh seo cothrom do chùirtean beachdachadh air na cùmhnanntan, a' gabhail a-steach nan ro-aithrisean aca, a bharrachd air an stiùireadh nan cois, beachdan deireannach, agus lagh-eòlas eadar-nàiseanta, a bhiodh a' toirt a-steach iomraidhean air urram taobh a-staigh nan tùsan sin. Leigidh seo le prionnsapal urram daonna, mar a tha e air a thuigsinn ann an lagh eadar-nàiseanta, a bhith air a thuigsinn tro na còraichean air fad sa Bhile.

Tha sinn cuideachd airson dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas airson bun-dhleastanasan (*minimum core obligations* - MCOan) a mhìneachadh¹⁴ mar phàirt den fhrèam-obrach ag aithneachadh urram daonna mar phrìomh stairsneach airson an t-susbaint seo a mhìneachadh agus a libhrigeadh an da-rìribh. Tha sinn den bheachd gun dèan seo cinnteach gun toir na bun-dhleastanasan a tha air an dìon leis a' Bhile luach air urram, gun cuidich sin luchd-giùlain dhleastanasan agus luchd-seilbh chòraichean tuigse shoilleir a bhith aca air adhbhar ìre nam Bun-dhleastanasan taobh a-staigh an fhrèam-obrach agus gun cuidich e gus dèanamh cinnteach nach eil duine sam bith ann an Alba a' tuiteam fon ìre sin chun na h-ìre is gu bheilear a' briseadh an urraim in-ghnèithich aca. Bheir e comas cuideachd dhaibhsan a tha a' breithneachadh air còraichean beachdachadh air urram daonna nuair a thathar a' measadh an deach na bun-dhleastanasan a choileanadh.

Ullachadh eadar-mhìneachaidh – a' cumail ceangal làidir ri siostam chòraichean daonna eadar-nàiseanta.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 10

Dèan cinnteach gu bheil cùirtean agus triùnalalan soilleir mu rùn an reachdais, a' gabhail a-steach luach bunaiteach urram daonna, a thaobh lagh eadar-nàiseanta agus lagh coimeasach. Thathar a' moladh gun gabhadh seo a dhèanamh tro chlàs mìneachaidh.

Tha sinn airson ullachadh a thoirt a-steach sa Bhile a leigeas le luchd-giùlain dhleastanasan, cùirtean, agus triùnalalan a bhith comasach air na còraichean a leughadh, a chur an gnìomh agus a mhìneachadh a rèir lagh chòraichean daonna, goireasan agus dòighean-obrach eadar-nàiseanta. Tha seo a' gabhail a-steach nam Beachdan Coitcheann¹⁵ agus molaidhean bho Chomataidhean nan Dùthchannan Aonaichte, beachdan deireannach bho bhuidhnean sgrùdaidh cùmhnanntan nan Dùthchannan Aonaichte¹⁶ agus dòighean eile aig ìre eadar-nàiseanta no roinneil.

Tha Beachdan Coitcheann nan Dùthchannan Aonaichte air am foillseachadh le buidhnean cùmhnannt, a tha a' cur an cèill am mìneachadh air na h-ullachaidhean

¹⁴ 'S e a th' ann am bun-dhleastanasan ach na dhleastanasan a tha air an Stàit gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' coileanadh nan ìrean riatanach as ìsle de chòir .

¹⁵[Beachdan Coitcheann | OHCHR](#) : 'S e a th' ann am beachdan coitcheann ach mar a tha buidheann a' chùmhnannt a' mìneachadh ullachaidhean chòraichean daonna, cùisean cuspaireil no na dòighean obrach aig cùmhnannt. Canar cuideachd "molaidhean coitcheann" ris (Comataidh air Cur às do Lethbhreith Cinnidh agus Comataidh air Cur às do Lethbhreith an aghaidh Boireannaich).

¹⁶[Stòr-dàta Susbaint Cùmhnannt nan Dùthchannan Aonaichte airson beachdan deireannach a rannsachadh](#)

anns na cùmhnantan chòraichean daonna aca. Chan eil na beachdan sin ceangaltach fon lagh ach dh'fhaodadh iad a bhith air am meas mar cudromach agus faodaidh iad a bhith nan inneal feumail airson a bhith a' mìneachadh chòraichean san dùthaich seo. Ach, tha e cudromach cuideachd toirt fa-near gum faod diofar bhuidhnean cùmhnaint cùisean co-cheangailte ris na h-aon chòraichean a mhìneachadh ann an diofar dhòighean. Tha seo a' ciallachadh gum feum ullachadh sam bith anns a' Bhile sùbailteachd eadar-mhìneachaidh a cheadachadh, an crochadh air dè na còraichean a thathar a' mìneachadh. Tha sinn fosgailte do bheachdan air na dòighean as iomchaidhe gus dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh orrasan, agus stuthan eile, fon Bhile.

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha sinn cuideachd airson dèanamh cinnteach gun gabh aire a thoirt do dh'urram daonna ann a bhith a' mìneachadh nan còraichean sa Bhile. Tha iomraidhean air urram ann an cùmhnantan, stiùireadh, agus lagh-eòlasan eadar-nàiseanta agus is e ar rùn gum faod cùirtean beachdachadh orra sin ann a bhith ag eadar-mhìneachadh agus a' cur an gnìomh nan còraichean sa Bhile.

Tha sinn a' beachdachadh cuideachd air an dòigh as iomchaidh airson prìomh phrionnsapalan chòraichean daonna eadar-nàiseanta eile aithneachadh – leithid uile-choitcheannas, neo-sgarachdachd, eadar-eisimeileachd, agus eadar-cheangal nan còraichean uile – taobh a-staigh an fhrèam-obrach. Feumaidh sinn beachdachadh gu faiceallach air mar a nì sinn seo agus sinn a' coileanadh ar n-amais frèam-obrach soilleir agus ruigsinneach a sholarachadh aig an aon àm.

Ceistean

1. Dè do bheachd air a' mholadh againn gus leigeil le cùirtean beachdachadh air urram ann a bhith a' mìneachadh nan còraichean sa Bhile?
2. Dè do bheachd air a' mholadh againn gum biodh urram na prìomh stairsneach gus susbaint nan dleastanasan bunaitich as ìsle a mhìneachadh?
3. Dè do bheachd air na seòrsaichean lagh eadar-nàiseanta, goireasan, agus dòighean-obrach a bu chòir a ghabhail a-steach san ullachadh mìneachaidh a thathar a' moladh?

Modal Stèidheachaidh

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 1(b): An Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach (ICESCR)¹⁷

- Airson adhbharan fiosrachaidh, tha an Cùmhnant seo a' gabhail a-steach còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail do gach neach, a' gabhail a-steach na leanas:
- còir air ìre beatha iomchaidh, a' gabhail a-steach còraichean air biadh, aodach is taigheadas iomchaidh agus leasachadh leantainneach air ìre cor beatha
- còir air an ìre as àirde 's as urrainn de shlàinte chorporra is inntinn
- còir air foghlam
- còir air tèarainteachd shòisealta

¹⁷Faic Pàirt 3 airson barrachd fiosrachaidh mun cùmhnant seo

- còir pàirt a ghabhail ann am beatha chultarach agus buannachdan fhaighinn bho adhartas saidheansail

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 2: Cuir a-steach còir air àrainneachd fhallain le eileamaidean susbainteach agus modha san fhrèam-obrach reachdail.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 3: Bu chòir an Cùmhnant air cur às do gach seòrsa leth-bhreith an aghaidh bhoireannaich (CEDAW) a bhith air a ghabhail a-steach san lagh.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 4: Bu chòir an Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Cur às do gach seòrsa leth-bhreith cinnidh (CERD) a bhith air a ghabhail a-steach san lagh.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 5: Bu chòir Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean nan Daoine air a bheil Ciorram (CRPD) a bhith air a ghabhail a-steach san lagh.

Tha sinn airson na ceithir cùmhnantan eadar-nàiseanta a stèidheachadh ann an lagh na h-Alba agus a bhith ag aithneachadh agus a' toirt a-steach na còrach air àrainneachd fhallain, taobh a-staigh crìochan nan comasan tiomnaichte, gan dèanamh ceangaltach agus dligheach chun na h-ìre as urrainn dhuinn. 'S e ar n-amas farsaing ann a bhith beachdachadh air structar a' Bhìle agus mar a chuireas sinn na còraichean anns na cùmhnantan an gnìomh – am modail stèidheachaidh – gum bi sinn a' toirt seachad frèam-obrach chòraichean daonna a tha soilleir agus ruigsinneach a nì fìor eadar-dhealachadh do mhuintir na h-Alba.

A' cleachdadh teacsa a' Chùmhnant

Le Bìle an UNCRC, chaidh teacs bho Chùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh a chur a-steach gu dìreach ann an lagh na h-Alba. Airson Bìle nan Còraichean Daonna, mholamaid dòigh-obrach a tha an ìre mhath coltach ri seo a bhith againn – a' cur chòraichean bho na ceithir cùmhnantan a-steach dhan Bhìle a' cleachdadh faclan nan cùmhnantan fhèin, a' toirt às rud sam bith a tha glèidhte do Phàrlamaid na RA. Dh'fhaodadh dòigh-obrach eile a bhith ann, a bhith "a' tar-shuidheachadh" nan còraichean – le bhith a' tarraing teacsa bho air feadh nan ceithir cùmhnantan a bhuineas do chòraichean sònraichte agus ga chur còmhla gus a chur an cèill ann an aon àite. A-rithist, bheireamaid air falbh teacsa co-cheangailte ri cùisean glèidhte, agus mar thoradh air sin bhiodh aon seata de chòraichean taobh a-staigh comasan tiomnaichte.

San fharsaingeachd, tha sinn den bheachd gur e an dòigh-obrach as fheàrr an teacsa bho chùmhnantan a chur ann gu dìreach. Tha a bhith a' tar-shuidheachadh nan còraichean ann an dòigh amalaichte a' cruthachadh cunnart nach beag gun cailleamaid brìgh nan cùmhnantan agus gun gluaiseadh am Bìle air falbh bho na h-inbhean, prionnsabalan agus cleachdaidhean ann an lagh eadar-nàiseanta. Chruthaicheadh seo dùbhlain airson a bhith a' mìneachadh nan còraichean san àm

ri teachd leis gum faodadh iad an co-theacsa mar chòraichean air an togail gu dìreach bho inbhean eadar-nàiseanta aca a chall.

Tha an dòigh-obrach a bhith a' cleachdadh teacsa cùmhnaint gu dìreach gus còraichean a stèidheachadh cuideachd a' fàgail gu bheil sinn nas sàbhailte a thaobh crìochan comais tiomnaichte na bhìomaid nan dèanamaid tar-shuidheadh de na cùmhnantan. Feumar dèanamh cinnteach gu bheil còraichean co-cheangailte ri leth-bhreith agus co-ionannachd chothroman ag obair gu h-èifeachdach taobh a-staigh comasan tiomnaichte, a tha nas fhasa a choileanadh le bhith a' cleachdadh na dòigh-obrach a bhith a' cleachdadh teacsa cùmhnaint gu dìreach. Gheibhear a' mhòr-chuid de na còraichean sin anns na cùmhnantan co-ionannachd.

Tha e na cheist bhunaiteach dhan Bhìle mar a bu chòir na dìonan thar nan cùmhnantan gu lèir – a tha gu tric dlùth-cheangailte – a bhith air an tuigsinn, air am mìneachadh agus air an cur an sàs gu cunbhalach agus gu ciallach còmhla ri chèile. Chaidh am modail a tha sinn a' moladh an seo a dhealbhadh gus cuideachadh le seo. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil teacsa nan cùmhnantan a' gabhail a-steach cànan mionaideach a dh'fhaodadh a bhith ga dhèanamh doirbh do luchd-giùlain dhleastanasan agus luchd-seilbh chòraichean tuigsinn de tha còraichean a' ciallachadh an da-rìribh. Tha sinn air aontachadh mìneachadh soilleir a thoirt seachad air de th' anns na còraichean agus de tha iad a' ciallachadh agus tha sinn fosgailte do bheachdan air an dòigh as fheàrr gus seo a dhèanamh.

A' dèiligeadh ri mar a tha co-ionannachd chothroman glèidhte

Tha àireamh shusbainteach de na còraichean, gu h-àraidh taobh a-staigh nan cùmhnantan co-ionannachd, ag eadar-obrachadh gu dìreach leis a' ghlèidheadh de “cho-ionannachd chothroman” a tha ann an Achd na h-Alba 1998. Tha mar a dhèiligeas sinn ris a' chùis ghlèidhte seo ro-chudromach a thaobh mar a lìbhrigeas sinn amasan a' Bhìle gu h-èifeachdach taobh a-staigh nan comasan tiomnaichte.

Tha mar a tha “co-ionannachd chothroman” glèidhte a' ciallachadh nach urrainn do Phàrlamaid na h-Alba san fharsaingeachd lagh a dhèanamh a tha ag amas air a bhith a' casg, a' cur às do no a' riaghladh leth-bhreith eadar daoine air sgàth feartan dìonta sònraichte (a' gabhail a-steach gnè, cinneadh agus ciorram), ach a-mhàin ma tha eisgeachd an sàs. Tha tè de na h-eisgeachdan sin a' leigeil le Pàrlamaid na h-Alba reachdas a dhèanamh gus a bhith a' casg, a' cur às do, no a' riaghladh leth-bhreith le ùghdarrasan poblach sònraichte ann an Alba nuair a tha iad a' coileanadh an gnìomhan Albannach (taobh a-staigh chrìochan sònraichte). Tha eisgeachd eile a' leigeil le Pàrlamaid na h-Alba reachdas a dhèanamh gus co-ionannachd chothroman a bhrosnachadh fhad 's nach eil i a' toirmeasg no a' riaghladh leth-bhreith. Tha seo a' ciallachadh gu bheil bacaidhean oirnn a thaobh nas urrainn dhuinn dèanamh a thaobh chòraichean anns na cùmhnantan co-cheangailte ri co-ionannachd chothroman.

Am modail a tha sinn a' moladh

Is e ar n-amas lagh soilleir agus ruigsinneach a thoirt seachad a chumas an ceangal làidir ris an t-siostam chòraichean daonna eadar-nàiseanta agus a tha ag obair taobh a-staigh chrìochan fèin-riaghlaidh. Gus seo a dhèanamh, mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd tha sinn a' moladh gabhail ri dòigh-obrach a bhith a' cleachdadh teacsa nan cùmhnantan gu dìreach, a bhios a' cleachdadh dòigh-obrach shònraichte a thaobh nan cùmhnantan co-ionannachd. Tha an dòigh-obrach seo ag amas air dèanamh cinnteach gun gabh na còraichean thar nan cùmhnantan a leughadh agus a chur an sàs gu cunbhalach agus gu ciallach còmhla ri chèile, agus aig an aon àm a' dèiligeadh gu h-èifeachdach le mar a tha co-ionannachd chothroman glèidhte. Rinneadh còmhradh tùsail air seo le luchd-ùidh agus luchd-seilbh chòraichean.

Tha sinn a' beachdachadh air a bhith:

- **ag ath-aithris nan ceithir cùmhnantan sa Bhile**, a' toirt air falbh teacsa sam bith a bhuineas ri raointean a tha glèidhte do Phàrlamaid na RA;
- ag aithneachadh agus a' cur a-steach **còir air àrainneachd fhallain**;
- airson prìomh chòraichean ICESCR agus còir air àrainneachd fhallain:
 - A' cur **dleastanas modha tùsail** air buidhnean poblach (agus, cho fada 's as urrainn, actairean prìobhaideach) a tha a' libhrigeadh ghnìomhan poblach tiomnaichte gus na còraichean fhisge a-steach do na co-dhùnaidhean aca. Bhiodh seo an sàs rè ùine às dèidh dhan Bhile a bhith air aontachadh gus ùine a thoirt do luchd-giùlain dhleastanasan ullachadh airson dleastanas coileanaidh às dèidh sin (faic gu h-ìosal);
 - gluasad gu **dleastanas a bhith a' cumail** ris na còraichean, airson buidhnean poblach (agus, cho fada 's a ghabhas, actairean prìobhaideach) a tha a' libhrigeadh ghnìomhan poblach tiomnaichte. Bidh an dleastanas coileanaidh air a nochdadh le bhith a' toirt nan còraichean gu buil mean air mhean agus a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid na dleastanasan bunaiteach as ìsle a libhrigeadh – airson barrachd fiosrachaidh mu dhleastanasan faic Pàirt 7;
 - a' cur a-steach **ullachadh co-ionannachd** (taobh a-staigh nan crìochan bho cho-ionannachd chothroman a bhith na chùis ghlèidhte) gus dèanamh cinnteach:
 - gu bheil cothrom co-ionann aig gach neach air còraichean; agus
 - gum bi ullachaidhean nan cùmhnantan co-ionannachd a' fiosrachadh mìneachadh prìomh chòraichean ICESCR agus na còrach air àrainneachd fhallain do na buidhnean dìonta sin. Airson barrachd fiosrachaidh mun ullachadh co-ionannachd faic Pàirt 6.
- a' cur **dleastanas modha air luchd-giùlain dhleastanasan, a thaobh nan cùmhnantan co-ionannachd** (taobh a-staigh chrìochan bho cho-ionannachd chothroman a bhith na chùis ghlèidhte). Tha seo airson dèanamh cinnteach gu

bheil luchd-giùlain dhleastanasan a' beachdachadh air a h-uile còir anns na cùmhnantan co-ionannachd ann an dòigh iomlanach an dà chuid nuair a thathar a' libhrigeadh chòraichean ICESCR agus sna co-dhùnaidhean aca san fharsaingeachd.

- a' cur a-steach **ullachadh mìneachaidh** sa Bhile a nì cinnteach gum faodar na còraichean uile **a mhìneachadh a rèir inbhean chòraichean daonna eadar-nàiseanta** agus a' bhun-bheachd airson **urram daonna**.

Is e ar n-adhbhar airson na dòigh-obrach seo gu bheil sinn airson an dìon as treasa a thoirt seachad agus aig an aon àm a bhith a' cruthachadh lagh a tha soilleir, ruigsinneach agus ion-obrachail a bhios ag obair gu h-èifeachdach taobh a-staigh chomasan tiomnaichte. Bidh am modail a tha sinn a' moladh a' feuchainn ri cothromachadh fhaighinn eadar an ìre dìona agus co-leanailteachd is ion-obrachadh an lagha.

Ann a bhith a' cruthachadh a' mhodail seo, tha e air a bhith ro-chudromach beachdachadh air mar a tha na còraichean taobh a-staigh nan cùmhnantan co-ionannachd ag eadar-obrachadh le co-ionannachd chothroman, a tha na chùis ghlèidhte, agus dè an dòigh as fheàrr gus na còraichean sin a chur an gnìomh gu laghail ann am frèam-obrach cunbhalach. Tha am modail ag amas air dèiligeadh ri seo le bhith a' cleachdadh dòigh-obrach eadar-dhealaichte a thaobh dìon chòraichean anns na cùmhnantan co-ionannachd bhon dòigh-obrach a thaobh prìomh chòraichean ICESCR agus còir air àrainneachd fhallain. Ann a bhith a' cleachdadh na dòigh-obrach seo, tha sinn mothachail gum feumar dèanamh cinnteach gu bheil am Bile gu lèir iomlanach agus cunbhalach gus soilleireachd a thoirt do luchd-seilbh chòraichean agus luchd-giùlain dhleastanasan. Tha sinn fada den bheachd gu bheil an dòigh-obrach a tha sinn a' moladh aig an àm seo a' libhrigeadh cruth-atharrachadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil còraichean bhoireannach, dhaoine air a bheil ciorram agus dhaoine air a bheilear a' dèanamh leth-bhreith stèidhichte air cinneadh, dath, freumhan, no tùs nàiseanta no cinneachail, a' faighinn an dìon chuimsichte a tha a dhìth orra bho luchd-giùlain dhleastanasan. Airson a' chiad turas riamh ann am frèam-laghail na h-Alba, feumaidh luchd-giùlain dhleastanasan beachdachadh gu gnìomhach air na còraichean ann an ICERD, CEDAW agus CRPD nuair a bhios iad a' libhrigeadh sheirbheisean - leithid taigheadas, cùram sòisealta no tèarainteachd shòisealta - agus is urrainnear an cumail cunntachail mura dèan iad sin. Nuair a thèid a chur an sàs bidh e na cheum cudromach agus cruth-atharrachail air ar turas a thaobh còraichean daonna.

Ach, tha sinn ag aithneachadh gu bheil beagan chòraichean sònraichte anns na cùmhnantan co-ionannachd a dh'fhaodadh a bhith air am meas cudromach leotha fhèin agus far am bi cuid den luchd-ùidh airson 's gun tèid sinn nas fhaide ma ghabhas sin dèanamh, rud a tha furasta a thuigsinn. Mar eisimpleir, tha sinn air cluinntinn bho bhuidhnean dhaoine air a bheil ciorram mu cho cudromach 's a tha còir air beatha neo-eisimeileach. Tha sinn a' beachdachadh gu faiceallach a bheil cuid de chòraichean anns na cùmhnantan co-ionannachd ris am b' urrainn dhuinn dèiligeadh ann an dòigh eadar-dhealaichte, agus sinn aig an aon àm fhathast a' libhrigeadh frèam-obrach cunbhalach is ion-obrachail de dhìon chòraichean daonna. Beachdaichidh sinn gu sònraichte air seo far am faodadh còraichean sònraichte a

bhith cudromach leotha fhèin agus far am faodadh buannachdan a bhith ann bho dhìonan nas treasa fon fhrèam-obrach. Rè na h-ùine co-chomhairleachaidh, bheir sinn air adhart conaltradh cuimsichte le luchd-ùidh iomchaidh mu dheidhinn seo, còmhla ri mion-sgrùdadh leantainneach air na cùisean comasachd agus cunbhalachd a tha air an cothromachadh gu faiceallach a thaobh làimhseachadh nan còraichean sin.

Ceistean

4. Dè do bheachd air a' mhodail stèidheachaidh a thathar a' moladh?
5. A bheil còir sam bith anns na cùmhnantan co-ionannachd ris am bu chòir dhuinn dèiligeadh ann an dòigh eadar-dhealaichte, nad bheachd? Ma tha, innis dhuinn de na còraichean agus mìnich carson agus ciamar a ghabhadh seo a choileanadh.

PAÌRT 5: AG AITHNEACHADH NA CÒRACH AIR ÀRAINNEACHD FHALLAIN

Tha a' phàirt seo den cho-chomhairle a' mìneachadh na dòigh-obrach a tha sinn a' moladh a thaobh còir air àrainneachd fhallain a chur a-steach sa Bhile.

“Tha còir aig a h-uile duine air àrainneachd nach dèan cron air an slàinte agus an sunnd. Agus ann an saoghal an latha an-diugh, a' coimhead air truailleadh èadhair agus tòrr diofar cheistean mun àrainneachd, 's e suidheachadh gu math dùbhlannach a th' ann agus chan eil e na iongnadh gu bheil ceangal ann le còraichean daonna. Is dòcha gur e deagh dhòigh a th' ann gus an duilgheadas a làimhseachadh... ma shuidheas sinn sìos agus ma choimheadas sinn timcheall, tha e nas ceangailte na shaoileadh sinn. ” – **ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

[Dè an diofar a dhèanadh e do chloinn agus do dhaoine òga nan cuireadh Alba còraichean a bharrachd ann an lagh na h-Alba, gus am bi còir aig a h-uile duine air àrainneachd fhallain?] “Dhèanadh e diofar mòr do shlàinte-inntinn dhaoine, gu sònraichte clann agus daoine òga, a' cruthachadh clann nas toilichte agus nas cofhurtail ann an Alba.” – **ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 2

Cuir a-steach còir air àrainneachd fhallain le eileamaidean susbainteach agus modha san fhream-obrach reachdail.

Tha sinn ag iarraidh còir air àrainneachd fhallain aithneachadh agus a chur sa Bhile. Cuidichidh seo gus dèanamh cinnteach gum bi àrainneachd fhallain is sheasmhach ann an Alba agus bheil e seachad àrd-ùrlar gus dèiligeadh ri cùisean àrainneachd agus còraichean daonna gus an tèid an toirt gu buil còmhla. Bidh mar a dhèiligeas sinn ri bhith a' mìneachadh na còrach seo na phrìomh phàirt de bhith dèanamh cinnteach gur e còir daonna èifeachdach is cruth-atharrachail a th' ann do mhuinntir na h-Alba. Airson adhbharan frèam-obrach a' Bhile, tha sinn a' beachdachadh air an dòigh-obrach againn, a' gabhail a-steach am bu chòir dhuinn feum a dhèanamh air a' mhìneachadh a thathar a' cleachdadh ann an Cùmhnant Aarhus,¹⁸ a tha a' gabhail a-steach iomradh sònraichte air eag-shiostaman agus air a' bhith-chruinne (biosphere).

Chan eil còir air àrainneachd fhallain air a ghabhail a-steach ann an cùmhnant eadar-nàiseanta fhathast. A dh'aindeoin seo, tha còrr is 100 dùthaich air reachdas a chur an gnìomh a tha a' gabhail a-steach còir air àrainneachd fhallain ann an cruth air choreigin agus chaidh aithneachadh mar chòir daonna le Àrd-sheanadh nan Dùthchannan Aonaichte san Iuchar 2022.¹⁹ Ged a tha dìonan laghail agus iomairtean poileasaidh làidir aig Alba aig an àm seo gus an àrainneachd a dhìon, le bhith ag aithneachadh còir air àrainneachd fhallain mar chòir daonna aig a h-uile duine ann an Alba, libhrigidh seo frèam-obrach nas treasa airson a bhith a' gabhail

¹⁸Chaidh gabhail ri Cùmhnant Coimisean Eaconamach nan Dùthchannan Aonaichte airson na h-Eòrpa (UNECE) air Cothrom air Fiosrachadh, Com-pàirteachadh Poblach ann an Dèanamh Chodhùnaidhean agus Cothrom air Ceartas ann an Cùisean Àrainneachdail san Ògmhios 1998 ann an Aarhus, an Danmhairg.

¹⁹[Còir a' chinne-daonna air àrainneachd ghlan, fhallain is sheasmhach: \(un.org\)](https://www.un.org/)

barrachd ghnìomhan agus gus cunntachalachd a neartachadh. Dh'aithnich a' Bhuidheann-ghnìomh gu bheil a' chòir air àrainneachd fhallain ceangailte ri bhith a' coileanadh chòraichean eile a tha rin gabhail a-steach sa Bhile, agus choimhead iad air inbhean leithid Prionnsapalan Frèam-obrach nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Daonna agus an Àrainneachd,²⁰ agus Cùmhnant Aarhus, mar fhrèaman stiùiridh airson a bhith a' toirt air adhart na còrach seo taobh a-staigh a' Bhile.

Stèidhichte air na h-inbhean eadar-nàiseanta sin agus às dèidh conaltradh le luchd-ùidh, tha sinn den bheachd gum bu chòir a' chòir a bhith air a thuigsinn mar chòir le eileamaidean an dà chuid brìoghmhor agus eileamaidean a tha a' cur air adhart dòigh-obrach (taobhan modha). Bu chòir taobhan brìoghmhor a thuigsinn mar a bhith a' gabhail a-steach èadhar glan; uisge sàbhailte agus uisge gu leòr; àrainneachdan neo-phuinneanta (anns am faodar fuireach, obair, foghlam fhaighinn agus cluich); eag-shiostaman agus bith-iomadachd fallain; agus gnàth-shìde shàbhailte. Bu chòir taobhan modha a thuigsinn mar a bhith a' gabhail a-steach togail aire, a' brosnachadh foghlam is togail comas; cothrom air fiosrachadh; com-pàirteachadh poblach ann an dèanamh cho-dhùnaidhean; a' dèanamh cinnteach gu bheil fuasglaidhean rim faighinn ann an deagh àm agus air cosgaisean ruigsinneach; agus poileasaidhean, planadh agus gnìomh iomchaidh. Bhiodh a' cur nan taobhan modha sin ann am frèam-obrach a' Bhile a' cumail taic ris na h-oidhirpean againn gus na molaidhean aig Comataidh Coileanaidh Cùmhnant Aarhus a choileanadh – gu sònraichte gus frèam-obrach follaiseach, soilleir agus cunbhalach a chruthachadh gus Alt 9(4) de Chùmhnant Aarhus (a' chòir air fuasglaidhean a tha cothromach, ann an deagh àm agus nach eil ro dhaor).

Às dèidh dhuinn conaltradh a dhèanamh le luchd-ùidh, tha sinn cuideachd a' meòrachadh air am bu chòir biadh fallain is seasmhach a bhith air a thuigsinn mar eileamaid shusbainteach den chòir air àrainneachd fhallain mar a tha i air a dìon leis a' Bhile. Gu h-eadar-nàiseanta, tha biadh fallain agus seasmhach air aithneachadh mar thaobh brìoghmhor den chòir. Ach thathar a' clàradh na còrach air biadh iomchaidh mar chòir shòisealta fon chòir air inbhe beatha iomchaidh ann an ICESCR²¹ Is e am beachd làithreach againn gun gabh biadh fallain agus seasmhach aithneachadh, a dhìon agus a choileanadh tro bhith a' stèidheachadh na còrach air biadh iomchaidh mar a tha i ga cur an cèill le ICESCR agus gu bheil seasmhachd mar prìomh eileamaid den chòir air biadh iomchaidh. Leis gu bheil còraichean daonna do-roinnte, eadar-cheangailte agus eadar-eisimeileach, agus nach bu chòir coimhead orra leotha fhèin, bu chòir còir stèidhichte air biadh iomchaidh dìon gu leòr a thoirt do thaobhan àrainneachd mu dhèanamh bìdh.

A thaobh uisge sàbhailte agus gu leòr uisge, ged a tha seo cuideachd air a thuigsinn mar chòir shòisealta fo chòir ICESCR air inbhe beatha iomchaidh, is e ar beachd an-dràsta gum bu chòir seo a thuigsinn cuideachd mar thaobh susbainteach den chòir

²⁰ Air fhoillseachadh ann an 2018 leis an UN tha na Prionnsapalan Frèam-obrach air Còraichean Daonna agus an Àrainneachd a' mineachadh dhleasan bunaitich air Stàitean fo lagh chòraichean daonna mar a tha iad a' buntainn ri bhith a' faighinn àrainneachd shàbhailte, ghlan, fhallain agus sheasmhach.

²¹ Airson na liosta slàn de na h-eileamaidean brìoghmhor den chòir air àrainneachd fhallain agus barrachd fiosrachaidh mun t-susbaint aca, tha aithisgean Rapporteur Sònraichte nan Dùthchannan Aonaichte a' toirt seachad stiùireadh farsaing air na tha air a ghabhail a-steach anns a' chòir cinne-daonna seo. [Special Rapporteur on human rights and the environment | OHCHR](#)

air àrainneachd fhallain. Tha sinn den bheachd seo oir tha e a' toirt cothrom dhuinn eadar-dhealachadh cudromach a dhèanamh eadar a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil uisge gu leòr agus uisge sàbhailte gu leòr ann a chleachdas daoine, agus gu bheil gu leòr uisge ann agus uisge sàbhailte gu leòr ann mar a tha riatanach dhan àrainneachd nas fharsainghe. Ged a tha an dà chuid co-cheangailte, tha an dòigh-obrach againn ag amas air eadar-dhealachadh gu leòr a dhèanamh eadar a bhith a' dìon uisge san dà cho-theacsa.

Ceistean

6. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis an dòigh a tha sinn a' moladh gus an àrainneachd a mhìneachadh?
7. Mur eil thu ag aontachadh, innis dhuinn carson.
8. Dè do bheachd air mar a tha sinn a' moladh na taobhan susbainteach agus modha den chòir air àrainneachd fhallain a mhìneachadh?
9. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis an dòigh-obrach a tha sinn a' moladh a thaobh dìon biadh fallain is seasmhach mar phàirt de bhith a' toirt a-steach còir air biadh iomchaidh ann an ICESCR, seach a bhith ga thoirt a-steach mar phàirt shusbainteach den chòir air àrainneachd fhallain? Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.
10. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh leis an dòigh-obrach a tha sinn a' moladh a thaobh a bhith a' toirt a-steach uisge sàbhailte agus gu leòr mar phàirt bhrìoghmhor den chòir air àrainneachd fhallain? Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.
11. A bheil eileamaidean brìoghmhor no modhan-obrach eile ann a tha thu a' smaoinichadh a bu chòir a thuigsinn mar thaobhan den chòir?

PÀIRT 6: A' GABHAIL A-STEACH CÒRAICHEAN A BHARRACHD AGUS A' CUR CO-IONANNACHD AN SÀS

Tha a' phàirt seo den cho-chomhairle a' mineachadh nam beachdan againn mu bhith a' stèidheachadh còraichean a bharrachd sa Bhile, agus ar dòigh-obrach airson dèanamh cinnteach gun tèid na còraichean a libhrigeadh gun leth-bhreith.

Còraichean Catharra agus Poilitigeach

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 1(a):

Ath-aithris na còraichean a tha air an dìon le Achd nan Còraichean Daonna a chuireas Cùmhnant Eòrpach air Còraichean Daonna an gnìomh san dùthaich seo.

Tha sinn air beachdachadh an gabhadh na còraichean ann an Achd nan Còraichean Daonna 1998 ath-aithris sa Bhile, gus am bi na còraichean uile ann an aon àite. Tha sinn a' tuigsinn gun robh am moladh airson ath-aithris a dhèanamh air Achd nan Còraichean Daonna 1998 air a stiùireadh leis a' mhiann gum biodh na còraichean uile air am mìneachadh còmhla ann an aon àite ann an dòigh ruigsinneach. Mar a tha luchd-ùidh air aithneachadh, le inbhe Achd nan Còraichean Daonna 1998 mar achdachadh a tha air a dhìon bho atharrachadh fo Achd na h-Alba 1998, chan urrainn dhan Bhile buaidh shusbainteach sam bith a bhith aige air na còraichean sin. Tha e na adhbhar dragh dhuinn gum faodadh oidhirp gus na còraichean a tha air an dìon le Achd nan Còraichean Daonna 1998 ath-aithris buaidh a thoirt air na còraichean agus gum faodaidh e am Bile a chur ann an cunnart bho dhùbhlain air adhbharan comais reachdail, le buannachdan cuibhrichte a thaobh soilleireachd, ruigsinneachd agus cleachdadh nan còraichean. Chan eil sinn airson gum bi cunnart ann nach tèid am Bile seo a chur an sàs – agus mar sin nach bi atharrachadh ann gus piseach a thoirt air beatha dhaoine; ge-tà, tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith ag aithneachadh gu bheil còraichean eadar-cheangailte agus eadar-eisimeileach, agus beachdaichidh sinn barrachd le luchd-ùidh air mar as fheàrr as urrainn dhuinn sin a dhèanamh taobh a-staigh nan cuingealachaidhean làithreach.

Tha sinn air a bhith a' beachdachadh air ar suidheachadh a thaobh a' chomais againn a bhith a' gabhail a-steach Cunnradh nan Dùthchannan Aonaichte an-aghaidh Creòtachadh (UNCAT) a bharrachd air na 4 cùmhnantan, mar thoradh air a' mholadh bhon Bhuidheann-ghnìomh gun dèan sinn barrachd sgrùdaidh air seo. Thug sinn fa-near gu bheil Artaigil 3 den ECHR ("*Cha bhi duine fo chràdh, làimhseachadh An-ìochdmhor, Mi-chneasta no Ìsleachaidh*") air a chur an gnìomh mar-thà ann an Achd nan Còraichean Daonna 1998 agus gu bheil e freumhaichte san rèiteachadh fèin-riaghlaidh tro Achd na h-Alba 1998. A bharrachd air seo, tha na prionnsapalan a tha mar bhunait air altan sònraichte de UNCAT cuideachd a' faighinn buaidh ann an Alba tro raon de dh'ullachaidhean laghail a' gabhail a-steach cur a-nall gu dùthchannan eile agus an lagh choitinn. Leis gu bheil e mar-thà an làthair gu ìre làidir taobh a-staigh an rèiteachaidh bhun-reachdail, agus ullachadh laghail eile, chan eil sinn am beachd a dhol air adhart le bhith a' feuchainn ri UNCAT a ghabhail a-steach taobh a-staigh an reachdais frèam-obrach seo.

Tha sinn cuideachd air molaidhean a thoirt fa-near bho chionn ghoirid gum faodadh sinn beachdachadh air a bhith a' gabhail a' Chùmhnant Eadar-nàiseanta air

Còraichean Catharra is Poilitigeach a-steach sa Bhile, agus tha sinn den bheachd gu bheil an fheallsanachd gu h-àrd a' buntainn ri seo cuideachd leis gu bheil Achd nan Còraichean Daonna 1998 a' stèidheachadh chòraichean catharra agus poilitigeach anns an ECHR ann an lagh na dùthcha agus gu bheil seo air a dhìon bho atharrachadh.

Ceist

12. Leis gu bheil Achd nan Còraichean Daonna 1998 air a dhìon bho atharrachadh fo Achd na h-Alba 1998, ciamar a tha thu a' smaoinneachadh as urrainn dhuinn comharrachadh gu bheil Achd nan Còraichean Daonna (agus còraichean catharra agus poilitigeach) na phrìomh cholbh de lagh chòraichean daonna ann an Alba?

Com-pàirteachas

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 29

Bithear a' beachdachadh barrachd air a bhith a' gabhail a-steach còir com-pàirteachaidh shoilleir, air a tharraing bho phrionnsapalan lagh chòraichean daonna eadar-nàiseanta, taobh a-staigh an reachdais.

Tha com-pàirteachadh na phàirt dheanamach de dhòigh-obrach chòraichean daonna, agus tha sinn gu mòr airson dèanamh cinnteach gum bi com-pàirteachadh èifeachdach ann an cruthachadh poileasaidh airson a' Bhile mus tèid a thoirt a-steach agus às a dhèidh. Bha com-pàirteachadh na phrìomh chuspair anns na còmhraidhean aig Bòrd an Eòlais Bheatha, an dà chuid a thaobh leasachadh leantainneach a' Bhile agus airson luchd-seilbh chòraichean san fharsaingeachd ann an dèanamh poileasaidhean agus cho-dhùnaidhean. Bha am Bòrd a' faireachdainn gum bu chòir barrachd com-pàirt a bhith aig daoine ann an co-dhùnaidhean brìoghmhor mu sheirbheisean a tha a' toirt buaidh orra, agus gum feum seirbheisean poblach barrachd a dhèanamh gus daoine a ghabhail a-steach nach eil air an cluinntinn gu tric, no a tha fiù 's do-fhaicsinneach ann am pròiseasan com-pàirteachaidh a th' ann mar-thà.

Gus cuideachadh gus seo a choileanadh, tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachadh air fhisge a-steach do phàirtean iomchaidh a' Bhile, a' gabhail a-steach anns an Sgeama Chòraichean Daonna a thathar a' moladh (faic Pàirt 9), gus taic a chumail an dà chuid ri buileachadh agus cunntachalachd airson adhartas. Tha e cudromach gum bi seo a' co-thaobhadh ris an dòigh-obrach nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh com-pàirteachadh, mar eisimpleir, tha an lèirmheas air obrachadh Dleastanas Co-ionannachd na Roinne Poblach (PSED) a' beachdachadh air dleastanasan nas treasa san raon seo. Tha sinn mothachail gum feum dleastanasan com-pàirteachaidh sam bith a bhith ion-obrachail le buidhnean poblach an da-rìribh agus mar sin, bheir sinn sùil gheur air na freagairtean a gheibhear tron cho-chomhairle phoblach air a' PhSED gus an smaoinneachadh againn fhiosrachadh airson an ama ri teachd. Tha riatanasan com-pàirteachaidh aig grunn phìosan reachdais eile cuideachd, agus mar sin tha ro-

eisimpleir ann airson seo. Tha sinn fhathast fosgailte do chonaltradh agus beachdan air seo.

Ceist

13. Ciamar as fheàrr as urrainn dhuinn com-pàirteachadh fhighhe a-steach ann am frèam-obrach a' Bhile?

Ullachadh co-ionannachd taobh a-staigh a' Bhile

[Dè an diofar a dhèanadh e do chloinn is daoine òga nan cuireadh Alba còraichean a bharrachd ann an lagh na h-Alba, gu h-àraidh còraichean airson boireannaich is nigheanan, daoine air a bheil ciorram, clann is teaghlaichean a bhios a' fulang bho ghràin-cinnidh?] "*Bheireadh e buaidh air òigridh na h-Alba san fhad-ùine nan dèanamaid dearmad air a' chlaon-bhreith a chaidh a theagasg dhuinn leis na ginealaichean as sine aig nach robh na còraichean seo an sàs nuair a bha iad òg agus aig nach robh, is dòcha, cothrom aca measgachadh le daoine le dhiofar fhreumhan*" - **ball de Bhòrd an Eòlais Beatha**

"*Tha leth-bhreith an aghaidh boireannaich agus leth-bhreith an aghaidh dhaoine air a bheil ciorram a' toirt buaidh mhòr air beatha dhaoine, ach feumaidh cothrom co-ionann a bhith ann air fiosrachadh agus dòighean gus dèiligeadh ri sin, chan ann a-mhàin do dhaoine as urrainn èigheachd nas àirde no a tha ann an sùil a' phobaill.*" - **Ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 8

Cuir a-steach clàs co-ionannachd a tha a' co-thaobhadh ri Achd na Co-ionannachd 2010 a bheir cothrom co-ionann do gach neach air na còraichean a tha sa Bhile.

Tha soirbheas a' Bhile an crochadh air na còraichean a bhith air an stèidheachadh ann an dòigh a tha a' ciallachadh gum faigh a h-uile duine cothrom air an dìon a bheir iad seachad gu co-ionann, ge b' e dè an status a th' aca. Gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine cothrom air na còraichean fon Bhile gun leth-bhreith, tha sinn airson ullachadh co-ionannachd a chur ann.

Ged a tha na cùmhnantan co-ionannachd ag amas air cur às do leth-bhreith an aghaidh boireannaich, dhaoine air a bheil ciorram agus daoine is buidhnean a tha a' fulang bho ghràin-cinnidh, 's e an t-adhbhar airson ullachadh co-ionannachd farsaing a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom co-ionann aig a h-uile duine air còraichean a' Bhile. Bhiodh seo a' toirt air luchd-giùlain dhleastanasan còraichean ICESCR agus a' chòir air àrainneachd fhallain a libhrigeadh ann an dòigh a nì cinnteach gum bi cothrom co-ionann aig a h-uile duine orra. Is e aon dòigh-obrach air a bheil sinn a' beachdachadh am bu chòir dhuinn an solar co-ionannachd a dhealbhadh stèidhichte air Alt 2 de ICESCR no Alt 14 den Chùmhnant Eòrpach air Còraichean Daonna. Fo na h-ullachaidhean sin feumaidh na còraichean anns na cùmhnantan fa leth a tha air an daingneachadh a bhith air an cur an sàs gun leth-bhreith stèidhichte air nithean leithid gnè, cinneadh, dath, cànan,

creideamh, beachd poilitigeach no eile, tùs nàiseanta no sòisealta, seilbh, breith no inbhe eile.²²

Bhiodh an dòigh-obrach gu h-àrd an crochadh air daoine LGBTI agus seann daoine a bhith air a dhìon tro bhith a' cleachdadh na h-'inbhe eile'. Ach, tha sinn cuideachd a' beachdachadh air am bu chòir dhuinn inbhe LGBTI agus aois nas sine a liostadh gu sònraichte mar adhbharan dìon, leis gun tug a' Bhuidheann-gnìomh fa-near nach robh dìon aig na buidhnean sin ann an cùmhnant eadar-nàiseanta agus gun do mhol iad dìon sònraichte dhaibh sa Bhile. Le bhith a' cur nam buidhnean sin gu sònraichte air aghaidh a' Bhile dh'fhaodadh sin cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e soilleir cò bhiodh air an dìon fon ullachadh seo.

A bharrachd air sin, mar a thuirt sinn ann am Pàirt 4, bhiodh am modail stèidheachaidh a thathar a' moladh a' stiùireadh luchd-giùlain dhleastanasan do na cùmhnantan co-ionannachd gus còraichean ICESCR agus còir air àrainneachd fhallain do na buidhnean dìonta sin a mhìneachadh.

Is e an t-amas gun cuidich seo luchd-giùlain dhleastanasan gus am frèam-obrach a chleachdadh gu h-èifeachdach, susbaint nan cùmhnantan co-ionannachd a stèidheachadh ann an libhrigeadh chòraichean ICESCR agus còir air àrainneachd fhallain agus an dìon as fheàrr a libhrigeadh do luchd-seilbh chòraichean anns na buidhnean sin, mar phàirt de fhrèam-obrach iomlan cunbhalach.

Feumaidh an t-ullachadh co-ionannachd obrachadh taobh a-staigh chrìochan mar a tha co-ionannachd chothroman air a ghlèidheadh ann an Achd na h-Alba 1998. Tha sinn mothachail cuideachd gum feumar beachdachadh air mar a dh'obraicheas seo taobh a-staigh frèama na co-ionannachd san fharsaingeachd. Mar thoradh air sin, leanaidh sinn oirnn a' beachdachadh gu faiceallach air mar a mhìnicheas sinn na h-adhbharan airson leth-bhreith air am feum luchd-giùlain dhleastanasan beachdachadh agus tha sinn fosgailte do bheachdan air an dòigh as fheàrr gus am mìneachadh seo a chleachdadh, taobh a-staigh chrìochan comas tiomnaichte.

Ceistean

14. Dè do bheachd air an dòigh-obrach a thathar a' moladh gus ullachadh co-ionannachd a ghabhail a-steach gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine air còraichean, sa Bhile?
15. Ciamar a bu chòir dhuinn na buidhnean a tha gu bhith air an dìon leis an ullachadh co-ionannachd a mhìneachadh?
16. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gun toireadh a bhith a' cleachdadh 'inbhe eile' san ullachadh co-ionannachd dìon gu leòr do chòraichean daoine LGBTI agus seann daoine?
17. Mur eil thu ag aontachadh, thoir seachad beachdan gus taic a thoirt dhan fhreagairt agad.

Còraichean do sheann daoine

²²Tha Alt 14 den ECHR cuideachd a' gabhail a-steach còmhlas le beag-chuid nàiseanta nach eil air ainmeachadh gu soilleir ann an Alt 2 de ICESCR.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 6

Còir do sheann daoine a bhith air a gabhail a-steach san fhrèam-obrach reachdail.

Tha dealas againn Alba nas cothromaiche a thogail do sheann daoine.²³ Thug Bòrd an Eòlais Bheatha fianais seachad gun robh seann daoine air an dùnadh a-mach à seirbheisean agus co-dhùnaidhean a bha a' toirt buaidh air am beatha, gu sònraichte ann an suidheachaidhean leithid cùram sòisealta.

Ged nach eil cùmhnant eadar-nàiseanta sònraichte ann airson daoine nas sine, tha e soilleir²⁴ gum bu chòir cothrom co-ionann a bhith aca air na còraichean taobh a-staigh a' Bhìle. Mar a chaidh a mhìneachadh na bu tràithe sa phàirt seo, tha sinn den bheachd gum faodadh a bhith a' cur a-steach ullachadh co-ionannachd cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum faigh iad cothrom co-ionann air na còraichean, a' toirt aire do na còraichean anns na cùmhnantan co-ionannachd le fòcas air raointean leithid beatha neo-eisimeileach, gluasad agus ruigsinneachd. Dh'fhaodadh am moladh gus dèanamh cinnteach gun gabh feart a thoirt air urram daonna nuair a thathar a' mìneachadh nan còraichean cuideachadh le bhith a' cur a' bhun-bheachd seo aig cridhe mìneachadh còraichean nan seann daoine. Tha sinn cuideachd airson beachdachadh a bharrachd a dhèanamh còmhla ri luchd-ùidh a thaobh na ceist am feum frèam-obrach a' Bhìle dad nas mionaidiche a dhèanamh a thaobh seann daoine, a rèir rùn a' Bhìle a bhith a' dìon, a' toirt spèis agus a' coileanadh chòraichean daonna eadar-nàiseanta agus chuireadh sinn fàilte air beachdan air seo.

Daoine LGBTI

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 7

Clàs co-ionannachd a tha a' dìon agus a' brosnachadh chòraichean iomlan agus co-ionann do dhaoine LGBTI.

Tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' cur an aghaidh neo-ionannachd airson daoine leasbach, gèidh, dà-sheòrsach, tar-ghnèitheach agus eadar-ghnèitheach²⁵ (LGBTI). Ged nach eil cùmhnant chòraichean daonna eadar-nàiseanta sònraichte ann airson daoine LGBTI, tha sinn soilleir gum bu chòir cothrom co-ionann a bhith aca air na còraichean taobh a-staigh a' Bhìle. Mar a chaidh a mhìneachadh na bu tràithe sa phàirt seo, dh'fhaodadh toirt a-steach ullachadh co-ionannachd cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine LGBTI cothrom air còraichean co-ionann, agus dh'fhaodadh am moladh dèanamh cinnteach gun gabh aire a thoirt do dh'urram daonna nuair a thathar a' mìneachadh nan còraichean cuideachadh le bhith a' cur a' bhun-bheachd seo aig cridhe mìneachadh nan còraichean airson daoine LGBTI. Tha sinn airson beachdachadh barrachd le luchd-ùidh air a' cheist am b' urrainn do fhrèam-obrach a' Bhìle dad nas mionaidiche a dhèanamh san raon seo.

²³ <https://www.gov.scot/publications/fairer-scotland-older-people-framework-action/>

²⁴ [Prionnsabalan nan Dùthchannan Aonaichte airson Seann Daoine | OHCHR](#)

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gum b' fheàrr le cuid de bhuidhnean agus dhaoine briathran leithid “eadar-dhealachaidhean ann an feartan gnè” no “eadar-dhealachaidhean air leasachadh gnè” a chleachdadh seach “eadar-ghnèitheach”.

Ceist

18. A bheil thu a' smaoineachadh gum feum frèam-obrach a' Bhile dad a bharrachd a dhèanamh airson daoine LGBTI no seann daoine?

PART 7: NA DLEASTANASAN

Tha a' phàirt seo den cho-chomhairle a' mìneachadh na dòigh-obrach againn a thaobh a bhith a' dealbhadh nan dleastanasan air an fheadhainn a tha a' libhrigeadh ghnìomhan poblach tiomnaichte, a thaobh nan còraichean sa Bhile.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 12

Ullachadh a chur ann airson dòigh-obrach clàs èirigh na grèine a chruthaicheas dleastanas coileanadh a tha a' toirt dìon do luchd-seilbh chòraichean agus aig an aon àm a tha a' toirt ùine do luchd-giùlain dhleastanasan ullachadh airson làn ghnìomhachadh den fhrèam-obrach reachdail.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 13

Gum bi pròiseas com-pàirteachail ann gus na prìomh dhleastanasan as ìsle a thaobh chòraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail a tha stèidhichte a mhìneachadh, agus dleastanas soilleir a bhith ann airson coileanadh mean air mhean gus taic a chumail ri buileachadh èifeachdach den fhrèam-obrach, a bheir aire do shusbaint gach còir.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 16

Beachdaich barrachd air an dòigh-obrach as fheàrr gus dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd agus cinnt ann gu bheil actairean prìobhaideach buntainneach a tha a' libhrigeadh dhleastanasan poblach, agus gnìomhan co-cheangailte ri libhrigeadh chòraichean taobh a-staigh an fhrèam-obrach, taobh a-staigh raon-ùghdarras nan dleastanasan san fhrèam-obrach.

Is e am bun-amas againn frèam-obrach a libhrigeadh far am bi luchd-giùlain dhleastanasan air an ullachadh nas fheàrr agus comasach air a bhith a' toirt urram agus dìon do chòraichean muinntir na h-Alba agus a bhith a' coileanadh nan còraichean sin. Bidh na dleastanasan deatamach gus ar n-àrd-amasan airson a' Bhile a thoirt gu buil, oir bidh iad a' suidheachadh dè na gnìomhan a dh'fheumas luchd-giùlain dhleastanasan air feadh na h-Alba a ghabhail. Tha sinn ag iarraidh gum bi am Bile a' toirt seachad seata de dhleastanasan a tha a' nochdadh farsaingeachd nan còraichean daonna eadar-nàiseanta agus a' toirt seachad ullachaidhean airson dleastanasan a choileanas an dà chuid builean ann an cleachdadh do dhaoine (susbainteach) agus dleastanasan a tha a' mìneachadh cùrsa gnìomh (modha). Cho fad 's as urrainn dhuinn, tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi an cothromachadh ceart ann sa Bhile eadar a bhith a' toirt dìon do luchd-seilbh chòraichean agus cuideachd a' libhrigeadh Bile a bheir soilleireachd do luchd-giùlain dhleastanasan agus a bheir ùine gu leòr airson buileachadh agus atharrachadh brìoghmhor ann an cleachdadh.

Cò ris a bhios na dleastanasan a' buntainn

Tha sinn den bheachd gum bu chòir na dleastanasan a bhith a' buntainn, chun na h-ìre as motha 's a ghabhas, ri buidhnean a tha a' libhrigeadh ghnìomhan poblach tiomnaichte. Beachdaichidh sinn gu faiceallach air toradh ath-bheachdachadh Bile UNCRC ann a bhith a' cuideachadh ar smaoinichadh san raon seo agus nì sinn barrachd obair com-pàirteachaidh. A thaobh actairean prìobhaideach, mar thoiseach tòiseachaidh bhiomaid airson an aon dòigh-obrach a chleachdadh sa

thathar a' moladh ann am Bile an UNCRC, a tha a' buntainn ri buidhnean (a' gabhail a-steach actairean prìobhaideach) a tha a' coileanadh ghnìomhan poblach, a' gabhail a-steach cùmhnant no rèiteachadh eile le ùghdarras poblach.

Ceist

19. Dè do bheachd air cò ris a bu chòir na dleastanasan sa Bhile a bhith a' buntainn?

Dleastanas Modha Tùsail

Tha sinn airson dleastanas modha tùsail a chur air luchd-giùlain dhleastanasan cho luath 's a ghabhas às dèidh dhan Bhile a dhol na Achd. Bhiodh an dleastanas seo a' cuimseachadh air dèanamh cinnteach gu bheil luchd-giùlain dhleastanasan a' toirt aire do na còraichean sa Bhile, gan togail a-steach do chruth nam pròiseasan co-dhùnaidh aca agus gan gabhail a-steach gu h-iomchaidh ann an libhrigeadh sheirbheisean. Dh'fhaodadh seo buntainn ri leasachadh poileasaidh no prògram, agus reachdas ùr, a bharrachd air pròiseasan buidseit agus co-dhùnaidhean. Tha an dòigh-obrach seo ag amas air cothromachadh fhaighinn eadar a bhith a' libhrigeadh barrachd dìon do luchd-seilbh chòraichean agus a' toirt an ùine a dh'fheumar do luchd-giùlain dhleastanasan ullachadh airson nan dleastanasan nas treasa a tha air am mìneachadh gu h-ìosal.

Ceist

20. Dè do bheachd air an dleastanas modha tùsail a thathar a' moladh gus còraichean fhisge a-steach ann an dèanamh cho-dhùnaidhean?

Dleastanas coileanaidh

Ged a chuidicheas an dleastanas modha gus na còraichean fhisge a-steach do phròiseasan co-dhùnaidh, gus am bi am Bile a' cuideachadh gus buaidh chruth-atharrachail a thoirt gu buil, bidh feum aig a' cheann thall air dleastanas coileanaidh nas treasa. Bhiodh an dleastanas seo ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil feum air builean sònraichte le spèis do chòraichean a bhith air an coileanadh le luchd-giùlain dhleastanasan, a' dol nas fhaide na dleastanas le fòcas air a' phròiseas co-dhùnaidh gu dleastanas le fòcas air cumail ris a' chòir. Mar sin tha sinn airson dleastanas a chur air luchd-giùlain dhleastanasan cumail ri prìomh chòraichean ICESCR agus còir air àrainneachd fhallain, mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd (faic an earrann air a' Mhodail Stèidheachaidh ann am Pàirt 4). Chuidicheadh an dleastanas seo sa Bhile le bhith a' libhrigeadh builean chòraichean daonna nas fheàrr do luchd-seilbh chòraichean, chuidicheadh e le bhith a' stiùireadh leasachaidhean ann an libhrigeadh sheirbheisean poblach, neartaicheadh e cunntachalachd, agus bhrosnaicheadh e ùghdarrasan poblach gus dòighean-obrach chòraichean daonna fhisge a-steach nan cuid obrach.

Tha diofar phàirtean ann a bhith a' dearbhadh coileanadh, air an tarraing bho lagh eadar-nàiseanta, a tha air am mìneachadh barrachd gu h-ìosal.

Ceist

21. Dè do bheachd air an dleastanas choileanadh a thathar a' moladh?

Ag aithris

Dh'fheumadh an dleastanas aithris a bhith air luchd-giùlain dhleastanasan mar phàirt den dòigh-obrach gus an urrainn dhaibh sealltainn de na gnìomhan a tha iad a' gabhail agus an dùil a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na còraichean sa Bhile gan toirt air adhart agus air an gabhail a-steach ann an co-dhùnaidhean. Tha sinn a' beachdachadh, a thaobh an dleastanas sin, am bu chòir dhuinn an dòigh-obrach a thathar a' cleachdadh ann an earrann 15 de Bhile an UNCRC a leantainn. Tha modalan aithris eile ann airson dleastanasan eile san roinn phoblaich, mar eisimpleir Dleastanasan Sònraichte na h-Alba a tha mar bhunait do Dhleastanas Co-ionannachd na Roinne Poblach²⁶ agus riatanasan fo Dhleastanas Alba nas Cothromaiche²⁷. Gu deatamach, tha sinn ag amas air frèam-obrach a chruthachadh far am bi ùghdarrasan poblach ag aithris an dà chuid air gnìomhan a rinneadh roimhe ach cuideachd air planaichean airson an ama ri teachd airson a bhith a' cur an gnìomh nan còraichean agus nan dleastanasan sa Bhile. Tha sinn a' leantainn oirnn a' rannsachadh mar a bhiodh seo ag eadar-obrachadh le buileachadh iomlan a' Bhile airson ùghdarrasan poblach ann an Alba (mar a tha air a dheasbad barrachd ann am Pàirt 9 den cho-chomhairle seo). Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gum feumar co-thaobhadh ri dleastanasan aithris làithreach gus leigeil le buidhnean poblach dòigh-obrach a chleachdadh a tha iomchaidh agus brioghmhor a thaobh aithris, agus bhiodh sinn ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil dleastanasan sam bith a thathar a' moladh sa Bhile a thaobh aithris a' dol còmhla ri, agus chan ann a' dùblachadh, na dleastanasan a th' ann mar-thà. Chuireamaid fàilte air beachdan air mar as fheàrr a dh'fhaodadh seo obrachadh ann an cleachdadh.

Ceistean

22. A bheil thu a' smaoinichadh gum bu chòir riatanas a bhith air ùghdarrasan poblach sònraichte aithris a dhèanamh air na gnìomhan a tha iad an dùil a ghabhail, agus dè na gnìomhan a tha iad air gabhail, gus na dleastanasan a tha air am mìneachadh sa Bhile a choileanadh?
23. Dè an dòigh as fheàrr gus an dleastanas aithris a thathar a' moladh a cho-thaobhadh ris na dleastanasan aithris a th' air ùghdarrasan poblach mar-thà?

A' cur an gnìomh Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach agus Còir air Àrainneachd Fhallain mean air mhean

²⁶ [Riaghailtean Achd na Co-ionannachd 2010 \(Dleastanasan Sònraichte\) \(Alba\) 2012](#)

²⁷ [Pàirt 1, Achd na Co-ionannachd 2010 ; Riaghaltas na h-Alba \(2022\), Dleastanas Alba nas Cothromaiche: stiùireadh do bhuidhnean poblach](#)

Ann an lagh eadar-nàiseanta, thathar a' tuigsinn gu farsaing gu bheil còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail feumach air an dà chuid **bun-ìre** (faic an earrann air bun-dhleastanasan gu h-ìosal), agus gum bi na còraichean air an **toirt gu buil mean air mhean thar ùine a' cleachdadh nan stòrasan as motha a tha rim faighinn**. Tha seo stèidhichte air an tuigse gum faodar còraichean leithid còir air slàinte agus còir air inbhe-beatha iomchaidh a leasachadh gu leantainneach thar ùine agus a rèir stòrasan na dùthcha. Chan eil seo a' ciallachadh gu bheil coileanadh mean air mhean a' leigeil le stàitean an dleastanasan a sheachnadh - an àite sin, tha e na dhùil gun gluais stàitean cho luath agus cho èifeachdach 's a ghabhas gus dèanamh cinnteach gun tèid na còraichean sin a choileanadh gu h-ìomlan. Tha am bun-bheachd coileanadh mean air mhean air a tharraing bho Alt 2(1) den ICESCR, a tha ag ràdh:

“Tha gach Pàrtaidh Stàite sa Chùmhnant ag aontachadh ceumannan a ghabhail, leotha fhèin agus tro thaic agus co-obrachadh eadar-nàiseanta, gu sònraichte eaconamach is teicnigeach, chun na h-ìre as àirde de na stòrasan a tha rim faighinn, le sùil ri coileanadh mean air mhean air na còraichean a tha aithnichte anns a' Chùmhnant seo anns a h-uile dòigh iomchaidh, a' gabhail a-steach gu sònraichte a bhith a' gabhail ri ceumannan reachdail.”

Thathar a' tuigsinn gu bheil gnìomhan stàite a' gabhail a-steach riatanasan gus ceumannan cuimsichte, sònraichte agus a dh'aona ghnothach a ghabhail; na stòrasan as motha a tha rim faighinn a chruinneachadh agus a chur gu feum; agus a bhith a' dèanamh cinnteach nach tèid na còraichean a tharraing air ais.

Is e ar rùn gum feum an dleastanas a bhith a' cumail ri còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail agus ris a' chòir air àrainneachd fhallain, a tha air am mìneachadh sa Bhile, toirt air luchd-giùlain dhleastanasan na còraichean sin a thoirt gu buil mean air mhean, a rèir na tuigse air coileanadh mean air mhean agus gnìomh Stàite ann an lagh eadar-nàiseanta.

Bun-dhleastanasan airson Chòraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach agus Còir air Àrainneachd Fhallain

Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, ann an lagh eadar-nàiseanta, thathar a' tuigsinn san fharsaingeachd gum feumar bun-dhleastanasan a choileanadh airson chòraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail. Thathar a' tuigsinn gu bheil iad seo a' ciallachadh na bun-ìre gus còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail a libhrigeadh, agus tha iad a' suidheachadh nan ìrean as isle a dh'fheumas dùthaich daonnan a chumail suas ge b' e dè na stòrasan a th' ann. Ann an lagh eadar-nàiseanta, feumar cumail ri bun-dhleastanas na còrach sa bhad mura h-eil e follaiseach gu bheil e do-dhèanta dhan stàit sin a dhèanamh. Mar sin, is e a' bhunait as isle a tha seo air an tog gnìomhachadh mean air mhean na còrach.

Is e ar rùn gum feum an dleastanas a bhith a' cumail ri còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail agus ris a' chòir air àrainneachd fhallain, a tha air am mìneachadh sa Bhile, toirt air luchd-giùlain dhleastanasan bun-dhleastanas na còrach a libhrigeadh. Bhiodh an riatanas seo a' dol còmhla ris an riatanas air luchd-giùlain dhleastanasan a' chòir a thoirt gu buil mean air mhean, seachad air a' bhunait

as ìsle. Tha sinn an dòchas gun dèan seo cinnteach gum fuirich bun-dhleastanasan mar an ìre as lugha de choileanadh agus nach bi iad nam ‘mullach’.

Ann an lagh eadar-nàiseanta, chaidh bun-dhleastanasan a chruthachadh tro stiùiridhean a sgrìobh Comataidh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarail. Tha an eisimpleir gu h-ìosal a’ sealltainn dòigh-obrach na Comataidh a thaobh a bhith a’ mìneachadh prìomh shusbaint còir ICESCR air slàinte.

Na Bun-Dhleastanasan: A’ Chòir air an ìre as àirde ’s as urrainn de shlàinte chorporra is inntinn

Tha Beachd Coitcheann 14²⁸ aig a’ Chomataidh a’ suidheachadh stiùireadh air dè bu chòir a bhith air am measadh mar Bhun-dhleastanasan aig a’ chòir seo. San fharsaingeachd tha seo a’ gabhail a-steach co-dhiù:

- cothrom air agus sgaoileadh cothromach de ghoireasan, bathar agus seirbheisean slàinte gun leth-bhreith, gu sònraichte dhaibhsan a tha so-leònte agus air an iomall
- an ìre as lugha a tha a dhìth de bhiadh beathachail gus dèanamh cinnteach nach bi acras air duine sam bith
- fasnachadh, taigheadas agus slàintealachd bhunaiteach, agus uisge iomchaidh
- drogaichean deatamach
- ro-innleachd agus plana gnìomha nàiseanta a thaobh slàinte a’ phobail stèidhichte air fianais

A bharrachd air seo, tha an stiùireadh ag ràdh gum feum Stàitean prìomhachas a chur air na leanas cuideachd:

- a’ toirt seachad cùram slàinte gintinn, màthaireil (ro-bhreith a bharrachd air iar-bhreith) agus cùram slàinte do chloinn
- banachdach an aghaidh ghalaran gabhaltach mòra
- casg agus smachd air galaran epidemic agus endemic
- foghlam agus cothrom air fiosrachadh mu chùisean slàinte, a’ gabhail a-steach casg agus smachd
- trèanadh do luchd-obrach slàinte, a’ gabhail a-steach foghlam air slàinte agus còraichean daonna

Tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil an eisimpleir gu h-àrd a’ riochdachadh mìneachadh na Comataidh agus gum faodar a chleachdadh mar bhunait airson tuigse nas soilleire, a thogail, tro phròiseas com-pàirteachaidh, air bun-shusbaint chòraichean airson co-theacs sònraichte na h-Alba. Faodar stiùireadh fhaighinn cuideachd bho chleachdadh dhùthchannan eile agus bho na dòighean-obrach aca a thaobh dìon bun-dhleastanasan a tha air am mìneachadh leis na frèaman bun-reachdail aca. Tha eisimpleirean air an do chuir sinn fòcas a’ gabhail a-steach na dòigh-obrach a chaidh a chleachdadh sa Ghearmailt a thaobh ‘*existenzminimum*’, a’ chòir ‘dheatamach as ìsle’ ann an Colombia, agus an ‘inbhe reusantachd’ ris an do ghabh Cùirt Bhun-reachdail Afraga a Deas. Ged as urrainn Beachdan Coitcheann agus eisimpleirean de chleachdadh ann an dùthchannan eile stiùireadh feumail a thoirt seachad a thaobh bun-dhleastanasan airson a’ Bhìle, chan eil iad a’ toirt

²⁸[Beachd coitcheann Àir. 14: A’ chòir air an ìre as àirde ’s a ghabhas \(refworld.org\)](https://www.refworld.org/docid/4a6d4d.html)

seachad an deilbh iomlain agus bu chòir coimhead orra mar bhun-stèidh air an gabh bun-ìre a thogail a tha a' nochdadh mar a tha na feumalachdan bunaiteach, iomadachd, cultar, agus comas stòrais iomlan na h-Alba a' sìor atharrachadh. Tha e an urra ris an dùthaich no ris an uachdranas dearbhadh dè an t-susbaint iomlan a bu chòir a bhith anns na bun-dhleastanasan aice.

Gus bun-ìre a libhrigeadh do mhuinntir na h-Alba, a tha a rèir a' chleachdaidh as fheàrr, air a togail air bunaitean làidir agus aig a bheil dligheachd dheamocratach, tha sinn a' moladh dòigh-obrach chom-pàirteachail airson mìneachadh dè tha taobh a-staigh cridhe gach còir. Tha sinn a' beachdachadh air cò ris a bhiodh am pròiseas seo coltach, stèidhichte air stiùireadh agus deagh chleachdadh eadar-nàiseanta agus le luach bunaiteach urram daonna a bhith mar stiùireadh air cò ris a bu chòir bun-dhleastanas a bhith coltach. Cuidichidh seo sinn le bhith a' coileanadh an rùn gum bi am Bile a' dìon na feadhna as motha a tha feumach air sa chomann-shòisealta. Tha sinn a' beachdachadh air mar a dh'fhaodadh toradh a' phròiseas com-pàirteachaidh seo a bhith air fhisge a-steach dhan fhrèam-obrach agus mar a dh'fhaodadh bun-dhleastanasan a bhith mar bhunait air an dleastanas choileanadh sa Bhile. Gus dèanamh cinnteach gu bheil bun-dhleastanasan fhathast buntainneach agus fhathast a' toirt dìon dhaibhsan aig a bheil na còraichean as buailtiche gun a bhith air an coileanadh, tha sinn a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr air ullachadh airson pròiseas a ghabhas ath-aithris aig amannan iomchaidh gus dèanamh cinnteach gun tèid atharrachaidhean riatanach a dhèanamh air susbaint thùsail nam bun-dhleastanasan. Bidh sinn a' dèanamh co-chomhairleachadh nas motha nuair a bhios ar smaoinneachadh nas leasaichte a thaobh a' phròiseis com-pàirteachaidh agus mar a ghabhas a ruith gu h-èifeachdach.

Le bhith a' suidheachadh bun-ìre airson Alba, tha comas ann buaidh mhòr a thoirt air dearbhadh nam feumalachdan as bunaitiche aig daoine ann an Alba a dh'fheumar a phrìomhachadh agus a thoirt gu buil sa bhad. Tha an dòigh-obrach againn a rèir àrd-amasan a' Bhile agus muinntir na h-Alba. Ach, tha e cudromach a bhith ag aithneachadh agus a' cur an cèill nàdar nam bun-dhleastanasan mar làr bunaiteach de dhìon chòraichean a ghabhas a choileanadh sa bhad agus fad na h-ùine le luchd-giùlain dhleastanasan. Agus sinn mothachail air seo, bidh an dòigh-obrach againn ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas airson mìneachadh nam bun-dhleastanasan a' faighinn a' chothromachaidh cheart eadar a bhith a' libhrigeadh dìon chòraichean dhaibhsan as iomallaiche agus fon anacothrom as motha sa chomann-shòisealta agus a' suidheachadh inbhe airson luchd-giùlain dhleastanasan ann an Alba a ghabhas a libhrigeadh.

Ceistean

24. Dè do bheachd air a' mholadh gum feumar dearbhadh gu bheilear a' cumail ri còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail, a bharrachd air còir air àrainneachd fhallain, tro bhun-dhleastanasan agus coileanadh mean air mhean?
25. Dè do bheachd air a' chòir air àrainneachd fhallain a bhith a' tighinn fo sgèith nan aon dleastanasan ri còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail?

Dleastanas Sgeama Chòraichean Daonna fhoillseachadh

Tha sinn airson dleastanas a chur air Ministearan na h-Alba gus Sgeama Chòraichean Daonna fhoillseachadh (faic Pàirt 9 airson barrachd fiosrachaidh). Leis a seo, ghabhadh ceumannan buileachaidh coitcheann a chur gu soilleir taobh a-staigh frèam-obrach iomlan a' Bhile. Bidh an dleastanas gus Sgeama Chòraichean Daonna fhoillseachadh a' gabhail a-steach dleastanas aithris air Ministearan na h-Alba gus aithris a dhèanamh air gnìomhan a chaidh a ghabhail a thaobh riatanasan an Sgeama. Tha seo ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil cunntachalachd ann airson gnìomhan cunbhalach a bhith air an gabhail gus barrachd chòraichean daonna a bhuileachadh agus a choileanadh do mhuinntir na h-Alba. Dh'fhaodadh an Sgeama Chòraichean Daonna a bhith na dhòigh do Mhinistearan na h-Alba na planaichean aca airson buileachadh fhoillseachadh agus gus aithris air adhartas.

Ceist

26. Dè do bheachd air an dleastanas a thathar a' moladh gus Sgeama Chòraichean Daonna Fhoillseachadh?

PÀIRT 8: A' DÈANAMH CINNTEACH GUM FAIGH LUCHD-SEILBH CHÒRAICHEAN COTHROM AIR CEARTAS

Tha am pàirt seo den cho-chomhairle a' mìneachadh nam molaidhean againn airson a bhith a' cur ri cothrom air ceartas (an dà chuid sa chùirt agus taobh a-muigh na cùirt) do luchd-seilbh chòraichean a tha a' sireadh fuasgladh nuair a thèid cùisean ceàrr a thaobh nan còraichean agus nan dleastanasan a tha sa Bhile. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach cumhachdan Coimisean Chòraichean Daonna na h-Alba. Tha mòran briathrachais laghail sa phàirt seo agus mar sin tha barrachd susbaint ann a tha a' mìneachadh na tha sinn a' ciallachadh na tha anns na pàirtean eile.

"Tha mi a' smaoinichadh gu bheil thu fo anacothrom mus tòisich thu fiù 's air sgàth ... chan eil annad ach doirbeag bheag, eil fhios agad, agus gu bheil thu a' faireachdainn gu bheil thu a' dol fodha. Agus tuigidh mi ma tha cuid de dhaoine ag iarraidh cothrom fhaighinn air ceartas san lagh agus sinn a' bruidhinn air Achd nan Còraichean Daonna, chì mi gun can tòrr dhaoine, eil fhios agad, "chan eil mi dhà-rìribh ag iarraidh a dhol an sàs san dol a-mach sin, oir carson a chuirinn fhèin tron bhriseadh-cridhe agus tromhe-chèile sin? Agus mar sin tha mi dìreach a' dol ga sheachnadh", agus an uair sin, mar sin, chan fhaigh iad an ceartas a bu chòir dhaibh fhaighinn" – **ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 21

Tro chom-pàirteachadh le prìomh luchd-ùidh, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil bacaidhean a bharrachd mu choinneamh ceartais, beachdaichidh sinn barrachd air fuasglaidhean ruigsinneach, air prìs reusanta, ann an deagh àm agus èifeachdach agus slighean gu fuasglaidhean tro ullachaidhean fon fhrèam-obrach.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 26

Mar phàirt de bhith a' cruthachadh an fhrèam-obrach, dèan barrachd sgrùdaidh air cothrom air ceartas, a' gabhail a-steach beachdan luchd-seilbh chòraichean, gus coimhead air mar a dh'fhaodadh am frèam-obrach cuideachadh le bhith a' toirt seachad slighe fuasglaidh laghail nas ruigsinniche, air prìs reusanta, nas èifeachdaiche agus ann an àm nas fheàrr.

Tha e deatamach gun dèanar cinnteach gum bi cothrom èifeachdach air ceartas far an deach còir aig neach-seilbh chòraichean a bhriseadh le ùghdarras poblach. Tha e do-sheachanta gun tèid cùisean ceàrr uaireannan, agus far a bheil seo a' tachairt feumar a rèiteach gu sgiobalta agus tràth. Mar sin tha sinn airson togail air agus a bhith a' neartachadh a' bhun-structair a th' ann an-dràsta de sheirbheisean poblach tiomnaichte, buidhnean sgrùdaidh, dòighean-obrach gearain neo-eisimeileach, buidhnean chòraichean daonna, agus na cùirtean, gus cothroman air ceartas a neartachadh.


Ged is dòcha gur e a' chùirt an t-àite as fheàrr airson beachdachadh air cùis shònraichte aig a' cheann thall (mar eisimpleir, far a bheilear a' dèanamh argamaid nach eil pìos de reachdas na h-Alba a' freagairt ri còraichean cùmhnaint a chaidh a thoirt a-steach, no gu bheil duilgheadas siostamach ann le iomadach adhbhar air a sgaoileadh thairis air iomadh siostam), agus gu bheil cothrom air cùirtean fhathast na phrìomh fheart de na molaidhean sin, airson a' mhòr-chuid de dhaoine fa leth

agus airson iomadach cùis, is dòcha nach e a bhith a' dol dhan chùirt am fuasgladh as fheàrr. Tha fios againn gu bheil e a' faireachdainn gu math dùbhlach do luchd-seilbh chòraichean a bhith a' sireadh fuasgladh agus gu bheil e a' toirt buaidh mhòr orra gu pearsanta, agus mar sin tha e cudromach taic a thoirt do luchd-giùlain dhleastanasan gu co-dhùnaidhean stèidhichte air còraichean daonna fhaighinn ceart a' chiad uair.

Tha sinn den bheachd gu bheil neartachadh na dòigh-obrach a thaobh cunntachalachd, comhairle agus tagradh nam prìomh eileamaidean gus cuideachadh le bhith a' faighinn fuasgladh air cùisean cho luath 's a ghabhas agus gus nach fheum daoine a dhol dhan chùirt ma ghabhas a sheachnadh. Cuidichidh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na pàirtean sin ag obair gu math le bhith a' dèanamh chòraichean nan rudan fìor do dhaoine agus gus dòigh-obrach stèidhichte air còraichean a chur an sàs gus an cumail cunntachail. Tha sinn ag iarraidh gluasad gu modail a tha fìor ioma-institiudach gus còraichean a dhìon agus le co-obrachadh nas treasa eadar luchd-giùlain dhleastanasan air am bi e mar dhleastanas na còraichean sa Bhile a sheasamh.

Nuair a thèid na laghan agus na dleastanasan sa Bhile a chur an sàs, feumaidh fuasglaidhean a bhith:

- **Ruigsinneach** - tha tuigse shoilleir aig an neach air mar as urrainn dhaibh an duilgheadas aca fhuasgladh tron t-siostam
- **Air prìs reusanta** - feumaidh a' chosgais ionmhasail dhan neach a bhith cho ìosal 's a ghabhas
- **Ùine** - feumar dèiligeadh ris a' chùis cho luath 's a ghabhas
- **Èifeachdach** - feumaidh am fuasgladh toradh nas fheàrr a lìbhrigeadh dhan neach



"Chan eil an neart aig daoine [gearan a thoirt air adhart]. Agus mar sin, cha dèan iad [gearan], oir tha iad cho trang 's a ghabhas mar-thà leis na duilgheadasan eile sa bheatha làitheil aca. Agus an dha-rìribh leis an spionnadh sin, gun luaidh air airgead agus ùine airson gearan foirmeil a thoirt air adhart, tha sin a' dol a chleachdadh do neart faireachail uile, bidh e gu math trom ort, agus tha fios gu bheil duilgheadasan gu leòr agad mar-thà. Mar sin, bidh iad ga fhàgail agus chì mi seo uair is uair, gun tèid brisidhean chòraichean dìreach fhàgail. No glè thric ann an da-rìribh, faodaidh tòrr bhrisidhean beaga a bhith ann bho ghrunn bhuidhnean eadar-dhealaichte agus bho dhiofar dhaoine. Agus tha e uabhasach duilich sin a chur an cèill oir tha tòrr rudan beaga ann. Agus an uair sin is dòcha nach bi iad airson a dhol air adhart." – **ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 19

Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba beachdachadh air mar as urrainn do bhuidhnean sgrùdaidh a bhith a' faighinn taic tro bhith a' faighinn stòrasan iomchaidh agus stiùireadh soilleir air an cuid dhleastanasan taobh a-staigh an fhrèam-obrach gus sùil èifeachdach a chumail air planaichean buileachaidh frèam-obrach luchd-giùlain dhleastanasan.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 22

Beachdaich barrachd air dleastanasan sònraichte a bhith air an cur air dòighean-làimhseachaidh ghearanan loidhne-aghaidh agus air buidhnean sgrùdaidh gus cothrom air ceartas àrdachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil dleastanasan chòraichean daonna air an toirt gu buil leis a h-uile ùghdarras poblach.

Chuir Bòrd an Eòlais Bheatha cuideam air cho cudromach 's a tha e dèiligeadh gu h-èifeachdach ri gearanan tùsail, agus gum feumar taic a thoirt do luchd-obrach loidhne-aghaidh gus freagairt gu h-èifeachdach. Chomharraich iad cuideachd cho cudromach 's a tha pròiseas soilleir a tha furasta a leantainn do luchd-seilbh chòraichean. Mar sin tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil dòighean làimhseachaidh loidhne-aghaidh làidir agus èifeachdach aig ùghdarrasan poblach gus dèiligeadh ri gearanan a thaobh nan còraichean sa Bhile. Tha sinn airson togail air na structaran a th' ann mar-thà agus còraichean daonna a chur aig cridhe an t-siostaim, seach pròiseasan fa leth a bharrachd a chruthachadh airson gearanan mu chòraichean daonna. Oir, dh'fhaodadh siostam eadar-dhealaichte troimh-chèile adhbharachadh do luchd-seilbh chòraichean ann an siostam a tha mar-thà a' faireachdainn toinnte agus doirbh dèiligeadh ris. Tha sinn air conaltradh le raon de luchd-ùidh, a' gabhail a-steach Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (SPSO), SHRC agus buidhnean sgrùdaidh, gus cuideachadh gus cumadh a thoirt air na molaidhean sin.

Tagradh

"Tha mi a' smaoinichadh gu bheil tagradh fìor chudromach. Tha mi a' smaoinichadh mun turas a chaidh mi gu ath-sgrùdadh laghail às aonais neach-tagraidh - bha sin na mhearachd mhòr nach dèan mi a-rithist. Oir tha suidheachaidhean ann cuideachd nuair a tha na h-ùghdarrasan ag obair còmhla - tha tòrr dhiubh ann agus ach chan eil ann nan aghaidh ach thu fhèin. Mar sin, tha grunn ghuthan ann an aghaidh aon ghuth agus cha bhuannaich thu san t-suidheachadh sin." Thuirt ball eile "Feumaidh cothrom tagraidh a bhith ri fhaighinn do phàrantan, dhan teaghlach gu lèir, do luchd-cùraim, agus feumar aithneachadh gun urrainn luchd-cùraim uaireannan an guth a thogail do dhaoine nach bi a' bruidhinn."
– **Ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

Nuair a bhios sinn a' bruidhinn air tagradh, tha sinn a' toirt iomradh air tagradh, fiosrachadh agus comhairle a thèid a thoirt do agus às leth luchd-seilbh chòraichean a thaobh nan còraichean anns a' Bhile. Tha seirbheisean tagraidh ann gus taic agus riochdachadh a thoirt do dhaoine gus an urrainn dhaibh an còraichean a chur an sàs. Tha iad nan goireas cudromach ann a bhith a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gun urrainn do dhaoine an còraichean a thoirt gu buil agus cothrom fhaighinn air ceartas far a bheil cùisean a' dol ceàrr. Leis gu bheil slighean fuasglaidh gu tric iom-fhillte, faodaidh pàirt deatamach a bhith aig seirbheisean tagraidh ann a bhith a' cuideachadh luchd-seilbh chòraichean gus dèiligeadh ris an t-siostam.

Tha cho cudromach 's a tha tagradh air a bhith na chuspair cumanta anns na còmhraidhean aig Bòrd an Eòlais Bheatha. Cha do rinn a' Bhuidheann-ghnìomh moladh sònraichte a thaobh tagradh ach dh'aithnich iad cho cudromach 's a bha e leasachaidhean a dhèanamh air cothroman air ceartas tro thagradh agus

riochdachadh agus dh'aithnich iad gun robh cothrom ann seirbheisean tagraidh a bhith ann do bharrachd dhaoine nuair a bhios feum orra. Thug iad fa-near nach robh e furasta dèiligeadh ri fuasglaidhean às aonais fiosrachadh agus comhairle mu chòraichean agus tagradh neo-eisimeileach.

Tha grunn sheirbheisean tagraidh ann mar-thà a tha a' toirt taic seachad gus daoine a chuideachadh gus an còraichean a thoirt gu buil. Tha dleastanasan ann cuideachd gus tagradh neo-eisimeileach a sholarachadh ann an grunn raointean, a' gabhail a-steach seirbheisean slàinte-inntinn, tèarainteachd shòisealta agus ann an èisteachdan chloinne. Tha Bile an UNCRC a' cur riatanas air Ministearan na h-Alba ullachadh a chur air dòigh gus dèanamh cinnteach gum bi clann comasach air pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh orra le cothrom air taic is riochdachadh, leithid seirbheisean tagraidh, mar phàirt den Sgeama Chòraichean Chloinne. Tha am Bile sin cuideachd a' cur dleastanas air ùghdarrasan poblach a tha air an ainmeachadh ann an earrann 16 den Bhile aithisgean ullachadh agus fhoillseachadh air na rinn iad gus cumail ri riatanasan UNCRC (mar a tha air am mìneachadh ann an clàr a' Bhile sin) agus gus buaidh nas fheàrr no nas motha fhaighinn a thaobh còraichean chloinne. Dh'fhaodadh gum bi mion-fhiosrachadh anns na h-aithisgean sin mu sholarachadh taic tagraidh ach chan eil seo air a mhìneachadh air aghaidh a' Bhile. Bidh feum air na h-aithisgean gach trì bliadhna (mar a bha iad fo Achd na Cloinne is na h-Òigridh (Alba) 2014).

Tha sinn gu faiceallach a' beachdachadh air an dòigh-obrach a thathar a' cleachdadh ann am Bile an UNCRC, agus air cho iomchaidh a bhiodh e leis na còraichean sònraichte a tha sinn a' toirt a-steach agus leis a' mheasgachadh fharsaing de luchd-seilbh chòraichean. Tha sinn fosgailte do bheachdan air na dòighean as èifeachdaiche air taic a thoirt do dhaoine gus na còraichean anns a' Bhile a choileanadh. Is e ar prìomh amas piseach a thoirt air cothrom air ceartas ann an co-theacs a' Bhile agus gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean uidheamaichte gus an taic a tha a dhìth air luchd-seilbh chòraichean a thoirt seachad.

Ceist

27. Dè do bheachd air na dòighean as èifeachdaiche air taic a thoirt do sheirbheisean tagraidh agus/no comhairle gus luchd-seilbh chòraichean a chuideachadh gus an còraichean fon Bhile a thoirt gu buil?

Taic Laghail

Tha cothrom air taic laghail na phàirt chudromach ann a bhith a' toirt taic do luchd-seilbh chòraichean an còraichean fhaighinn tro na cùirtean, far an roghnaich iad sin a dhèanamh. Tha sinn fhathast dealasach a thaobh ath-leasachadh a dhèanamh air an t-siostam taic laghail a th' ann an-dràsta gus an neach-cleachdaidh a chur aig cridhe chùisean.

A' toirt piseach air làimhseachadh ghearanan

Tha àite cudromach aig an SPSO ann a bhith a' foillseachadh mhodhan làimhseachadh ghearanan, còmhla ri sgrùdadh agus a bhith a' cumail taic ri deagh chleachdadh ann an làimhseachadh ghearanan an co-cheangal ri mòran raointean tiomnaichte. Gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh gus na pròiseasan gearain aghaidh aca a chruthachadh a thaobh nan còraichean anns a' Bhile, tha sinn a' dèanamh rannsachadh leis an SPSO air a' chomas aca gus na modhan-obrach modail aca airson gearanan ùrachadh gus am bi iad a' nochdadh nan dleastanasan sa Bhile. Fon mholadh seo, bhiodh e comasach dhan SPSO brathan neo-choileanaidh a chur a-mach nuair a gheibhear a-mach gun robh ùghdarras poblach ainmichte air gnìomhan a ghabhail ann an dòigh nach robh a rèir nam modhan ùraichte seo.

Ag àrdachadh gearan

Nuair nach urrainn dhan ùghdarras phoblach a tha an sàs sa chùis fuasgladh fhaighinn air gearanan aig a' chiad ìre seo, faodar an cur gu SPSO airson buidhnean a tha taobh a-staigh an raon-ùghdarras aige. Is e an SPSO an ìre mu dheireadh airson gearanan mu iomadh seirbheis poblach tiomnaichte ann an Alba a' gabhail a-steach comhairlean, seirbheis na slàinte, prìosan, solaraichean uisge is òtrachais, Riaghaltas na h-Alba, oilthighean, agus colaistean. Tha còraichean daonna gu tric mar phrìomh phàirt de na cùisean a tha daoine fa leth a' toirt fa-near dhan SPSO agus mar sin tha sinn den bheachd gum biodh e ciallach seo fhighe a-steach do raon-ùghdarras SPSO. Gus seo a dhèanamh, tha sinn a' moladh:

- Raon-ùghdarras chòraichean daonna nas sònraichte a chruthachadh airson suidheachadh far a bheil SPSO a' dèiligeadh ri gearan a chaidh àrdachadh. Fon dòigh-obrach seo, chan fheumadh an tagraiche iomradh sònraichte a thoirt air na còraichean sa bhile agus bheireadh e cothrom dhan SPCO beachdachadh air na dleastanasan sa Bhile mar phàirt de ghearan sam bith.
- Thoir air falbh an cuingealachadh air an SPSO a tha a' fàgail nach urrainn dhaibh gearanan beòil fhaighinn ach a-mhàin ma tha suidheachadh sònraichte ann. Cuiridh seo ri ruigsinneachd an t-siostaim.
- Beachdaich barrachd air cumhachdan do SPSO gus sgrùdaidhean a thòiseachadh fo an stiùir fhèin. Dh'fhaodadh seo cothrom a thoirt dhaibh coimhead air adhbharan dragh far nach deach gearan sam bith a thogail, no a bhith a' coimhead nas fhaide na gearan fa leth far a bheil a' chùis, is dòcha, a' toirt buaidh air daoine eile. Beachdaichidh sinn cuideachd air dòigh-obrach a chruthachadh airson daoine, a' gabhail a-steach buidhnean tagraidh, gus molaidhean a thoirt dhan SPSO airson raointean far an cuir e fòcas air a stiùir fhèin gun ghearan a bhith ann.
- Nàdar neo-cheangailteach molaidhean SPSO a chumail gus am bi an ìre as motha de shùbailteachd aig an SPSO ann a bhith a' cur a-mach mholaidhean. Tha eachdraidh a' sealltainn gu bheil molaidhean bhon SPSO air an leantainn mar as àbhaist, agus tha comas aig an SPSO aithisg shònraichte a chur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba mura tèid an leantainn. Agus, dh'fhaodte gum bi molaidhean neo-cheangailteach feumail cuideachd gus leigeil le SPSO obrachadh le buidhnean poblach gus coileanadh nas fheàrr fhaighinn. Tha

molaidhean airson ceartachaidh sùbailte agus faodaidh iad a bhith a' gabhail a-steach leisgeul agus gnìomh pragtaigeach gus cron sam bith a lasachadh.

Beachdaichidh sinn barrachd air mar a dh'fhaodadh a bhith a' cur air adhart gearain tron SPSO eadar-obrachadh le slighean cùirte gu fuasgladh, leithid ath-bhreithneachadh laghail.²⁹ Tha fios againn gur e gearanan poileis aon raon far a bheilear a' dèiligeadh ri gearanan taobh a-muigh uachdranas an SPSO, agus gu bheil cuid de raointean far a bheil uachdranas a' ruith thairis air a chèile eadar Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus an SPSO a thaobh a bhith a' sgrùdadh ghearanan. Beachdaichidh sinn air na ceistean sin barrachd.

Buidhnean sgrùdaidh

Faodaidh pàirt chudromach a bhith aig buidhnean sgrùdaidh ann a bhith a' cumail seirbheisean poblach tiomnaichte cunntachail a thaobh chòraichean daonna agus a' cuideachadh le bhith a' stiùireadh atharrachadh cultarail ann an libhrigeadh seirbheis.³⁰ Tha eisimpleirean de bhuidhnean sgrùdaidh a' gabhail a-steach Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air Prìosan airson Alba agus Riaghladair Taigheadais na h-Alba. Tha sinn airson raon-ùghdarras chòraichean daonna nas sònraichte a chruthachadh airson bhuidhnean sgrùdaidh iomchaidh, gus an comas a neartachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil còraichean daonna freumhaichte ann an seirbheisean poblach, taobh a-staigh crìochan nan comasan tiomnaichte.³¹ Gus seo a dhèanamh, tha sinn a' moladh:

- Toirt air buidhnean sgrùdaidh, nuair a tha iad a' coileanadh an gnìomhan, measadh a dhèanamh air na buidhnean air a bheil iad a' coimhead thairis a rèir dleastanasan chòraichean daonna sa Bhile, agus beachdachadh air mar as urrainn do na buidhnean sin còraichean daonna a tha sa Bhile fhisge a-steach dhan obair aca.
- Comas a thoirt do bhuidhnean sgrùdaidh a bhith ag obair nas dlùithe ri chèile – mar eisimpleir, ga dhèanamh nas fhasa fiosrachadh a cho-roinn mu chùisean chòraichean daonna, a bhith comasach air obrachadh còmhla nuair a thathar a' coimhead air cùisean chòraichean daonna agus fios a leigeil do bhuidhnean sgrùdaidh eile nam faodadh tar-iadh a bhith ann an cùisean air a bheil iad a' coimhead.
- Toirt air buidhnean sgrùdaidh (a' gabhail a-steach an SPSO) fios a thoirt dhan SHRC mu chùisean siostamatach a thaobh chòraichean daonna a

²⁹Tha sinn cuideachd mothachail air dleastanas Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba a thaobh SPSO.

³⁰Tha “buidhnean sgrùdaidh” na theirm farsaing le tar-fhilleadh agus faodaidh e a bhith a' gabhail a-steach buidhnean làimhseachadh ghearanan (leithid an SPSO), luchd-sgrùdaidh agus buidhnean riaghlaidh (leithid Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Prìosan na h-Alba agus Riaghladair Taigheadais na h-Alba), ach cuideachd buidhnean eile aig a bheil dleastanas stiùiridh, leithid an SHRC.

³¹Faodaidh na riatanasan, agus mar a tha iad air an cur an cèill, a bhith eadar-dhealaichte eadar diofar bhuidhnean sgrùdaidh, gu ìre a rèir nan riatanasan a th' aca an-dràsta, agus gu ìre a rèir atharrachaidhean fa leth sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann, leithid an dàimh ris an SPSO agus an SHRC. Beachdaichidh sinn barrachd air dè d'ìreach na buidhnean sgrùdaidh air am faodadh riatanasan a bharrachd a bhith.

mhothaicheas iad, a bharrachd air fiosrachadh a thoirt do bhuidhnean iomchaidh eile (leithid an SPSO, Coimiseanair Chloinne is Dhaoine Òga na h-Alba, Coimisean Sunnd Inntinn agus Inbhean Àrainneachdail Alba) mu chùisean siostamach a thaobh chòraichean daonna a dh'fhaodadh a bhith buntainneach do na buidhnean aca.

Ceistean

28. Dè do bheachd air na molaidhean againn a thaobh modhan làimhseachadh ghearanan loidhne-toisich aig buidhnean poblach?
29. Dè do bheachd a thaobh nan atharrachaidhean a tha sinn a' moladh do raon-ùghdarras Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba?
30. Dè do bheachdan air na molaidhean againn a thaobh bhuidhnean sgrùdaidh?

Cumhachdan aig Coimisean Chòraichean Daonna na h-Alba (SHRC)

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 11

Bu chòir cumhachdan a bharrachd a thoirt do Choimisean Chòraichean Daonna na h-Alba (SHRC) a' gabhail a-steach a bhith a' gabhail chùisean deuchainn agus a' dèanamh rannsachaidhean agus bu chòir beachdachadh air cumhachdan leudaichte sam bith a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith ann.

Chaidh an SHRC a stèidheachadh ann an 2008, agus tha e ag obair mar Bhuidheann Chòraichean Daonna Nàiseanta na h-Alba. Is e coimisean pàrlamaideach neo-eisimeileach a th' ann, agus an-dràsta tha barantachadh inbhe-A aige taobh a-staigh siostam nan Dùthchannan Aonaichte (UN). Tha e mar dhleastanas coitcheann oirre còraichean daonna a bhrosnachadh agus, gu sònraichte, deagh chleachdadh a bhrosnachadh a thaobh chòraichean daonna. Tha cumhachd aice eadar-theachd a dhèanamh ann an cùisean catharra (ach a-mhàin èisteachdan chloinne), le ùmhlachd do na cùirtean catharra a' toirt cead dhi sin a dhèanamh. Anns na suidheachaidhean sin, faodaidh e a bhith mar threas pàrtaidh ùghdarrasach, seach a bhith a' riochdachadh taobh seach taobh. Tha cumhachd aige cuideachd rannsachaidhean a dhèanamh a thaobh poileasaidhean no cleachdaidhean ùghdarrasan poblach na h-Alba (le cuingealachdan air a' chomas sin a thaobh chùirtean agus triùnalalan) leis a' chomas fianais a cho-èigheachadh agus a dhol a-steach gu àiteachan far a bheil daoine air an cumail fo ghreim. Chan eil cumhachd aige cuideachadh le tagraidhean no cùisean laghail, no comhairle, stiùireadh no tabhartasan a thoirt seachad co-cheangailte ri gnòthaichean laghail. Bheir Bile an UNCRC cumhachdan a bharrachd dhan SHRC, a' gabhail a-steach cumhachd cùisean lagha a thoirt a-steach airson leas a' phobaill agus eadar-theachd a dhèanamh ann an cùisean lagha far a bheil neach ag ràdh gu bheil ùghdarras poblach air gnìomhan a ghabhail (no air moladh gnìomhan a ghabhail) ann an dòigh nach eil co-chòrdail ri riatanasan an UNCRC. Gus seo a dhèanamh, atharraichidh am Bile Achd Coimisean na h-Alba airson Còraichean Daonna 2006 gus cur às dhan chasg a th' ann aig an àm seo a bhith a' cuideachadh le tagraidhean no cùisean lagha, airson cùisean lagha fo Bhile an UNCRC a-mhàin. Bidh Bile an UNCRC cuideachd a' toirt air cùirtean fios a chur gu na Coimiseanairean (an SHRC agus Coimiseanair Chloinne is Dhaoine Òga Alba) far a bheil cùirt a' beachdachadh air dearbhadh cùirt cur às (*strike-down declarator*) no dearbhadh cùirt neo-chòrdalachd

a dhèanamh a thaobh reachdas no far a bheil ceist na co-chòrdalachd ag èirigh ann an cùis sam bith air beulaibh cùirt no triùnal.

Tha sinn a' rannsachadh a bhith a' toirt cumhachdan ùra dhan SHRC anns na raointean a leanas, agus dh'fheumadh Bile nan Còraichean Daonna Achd Coimisean na h-Alba airson Còraichean Daonna 2006 atharrachadh. Gu sònraichte tha sinn a' faicinn luach ann a bhith a' leudachadh chumhachdan SHRC gu bhith a' gabhail a-steach na leanas mar thaic do bhuileachadh a' Bhìle, sgrùdadh agus cunntachalachd:

- Cumhachdan gus cùisean-lagha catharra a thoirt a-steach no a dhol an sàs ann an cùisean-lagha catharra fon Bhìle;
- Cumhachd sgrùdaidh gus am bi cunntachalachd ann airson cùisean siostamatach co-cheangailte ri còraichean sa Bhìle (co-cheangailte ri cùisean catharra).

Thug sinn fa-near gu bheil grunn iarrtasan nas fharsainge ann airson Coimiseanairean a stèidheachadh le fòcas air adhartachadh chòraichean airson buidhnean sònraichte, no ann an raointean sònraichte. Tha seo a' gabhail a-steach molaidhean airson Coimiseanairean airson boireannaich, daoine air a bheil ciorram agus seann daoine.

Chun na h-ìre is gu bheil cumhachdan ùra sam bith airson SHRC a' dol an lùib nan cumhachdan air a bheil sinn a' beachdachadh airson an SPSO, bhiomaid airson dùilean soilleir a stèidheachadh a thaobh co-roinn fiosrachaidh. Tha seo gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhan SPSO fiosrachadh iomchaidh a chumail ris an SHRC mu chùisean iomchaidh sam bith, cho math ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh làidir ann eadar an dà bhuidhinn. Ma chruthaicheas sinn cumhachdan ùra sam bith dhan SHRC taobh a-staigh raon-ùghdarras Coimiseanair Chloinne is Dhaoine Òga Alba (CYPCS), bu toil leinn beachdachadh air na cumhachdan seo a thoirt dha cuideachd, leis gu bheil na còraichean anns a' Bhìle a' buntainn ri clann. Nì sinn barrachd conaltraidh leis an SHRC, an CYSPC agus Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba air cumhachdan ùra no leudachadh air raon-ùghdarras coitcheann nam buidhnean, agus chuireamaid fàilte air beachdan air dè na cumhachdan sònraichte a bu chòir a bhith aig an SHRC gus am bi prìomh àite aig a' bhuidhinn taobh a-staigh an fhrèam-obrach ioma-institiud airson chòraichean daonna a dhìon agus a thoirt gu buil a tha sinn airson a thogail.

Ceistean

31. Dè do bheachd air cumhachdan a bharrachd do Choimisean Chòraichean Daonna na h-Alba?
32. Dè do bheachd air a bhith a' toirt nan aon chumhachdan seo do Choimiseanair Chloinne is Dhaoine Òga Alba far a bheil sin iomchaidh?

A' faighinn cothrom air ceartas tro na cùirtean

“Nuair a tha sinn air brisidhean fhaicinn, bha mi a-riamh a’ faireachdainn le bhith a’ togail mo ghuth, gu bheil mi a’ bruidhinn às leth tòrr dhaoine, ach tha e coltach gu bheil an t-eallach orm.... ach chan urrainn dhomh a bhith a’ gabhail os làimh na còrach air cluich no air foghlam mi fhèin, sin a’ sùileachadh mòran. ‘Chan e sinne a chruthaicheas an suidheachadh, thèid a chruthachadh leis an riaghaltas nuair nach fhaigh iad rudan ceart, nuair nach eil smachdan an sàs aca gus ar dìon sa chiad dol a-mach. Mar sin, ‘eil fhios agad, carson a dh’fheumas sinn pàigheadh airson a dhol dhan chùirt gus a ràdh gun d’ fhuair sibhse rudeigin ceàrr?”– diofar bhuill de Bhòrd an Eòlais Bheatha

Tha fuasglaidhean laghail nan eileamaidean cudromach de bhith a’ dèanamh cinnteach gum bi deagh bhuidhnean aig a’ Bhile air luchd-seilbh chòraichean. Nar dòigh-obrach a thaobh slighean cùirte airson fuasgladh tron Bhile, tha sinn airson an t-eallach air daoine fa leth a tha a’ sireadh ceartas a lùghdachadh, agus airson a dhèanamh nas fhasa na cùisean a tha a’ toirt buaidh air mòran dhaoine a chomharrachadh agus fhuasgladh.

Cò as urrainn cùisean a thogail?

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 23

Ceadaich gu soilleir gum faod buidhnean le "com-pàirt gu leòr" cùisean-lagha a thoirt a-steach às leth thagraichean.

Tha ‘Seasamh’ a’ ciallachadh cò aig a bheil còir laghail cùis a thogail leis na cùirtean airson ath-sgrùdadh laghail. ‘S e an ‘deuchainn com-pàirt gu leòr’ an deuchainn airson seasamh a thaobh cùisean ath-bhreithneachaidh laghail ann an Cùirt an t-Seisein (ach a-mhàin far a bheil e stèidhichte air Achd nan Còraichean Daonna 1998). A rèir na deuchainn seo, feumaidh neach “dearbhadh gu bheil gu leòr com-pàirt aca ann an cuspair an tagraidh [airson ath-sgrùdadh laghail]”.³² Tha seo a’ ciallachadh gum faod daoine fa leth, a bharrachd air buidhnean a tha airson com-pàirt cho-roinnte le tòrr dhaoine eile a chur air adhart, cùisean a thoirt gu cùirt far an urrainn dhaibh com-pàirt gu leòr a nochdadh. Tha seo eadar-dhealaichte bhon “deuchainn neach-fulaing” nas cumhainge fo Achd nan Còraichean Daonna 1998, far am feum neach sealltainn, gun robh buaidh dhìreach orra leis a’ bhriseadh a tha iad ag ràdh a bha ann.³³ Tha seo gu ìre mhòr a’ cur bacadh air buidhnean bho bhith a’ toirt a-steach cùis-lagha airson leas a’ phobaill agus chan eil e cho sùbailte ris an dòigh-obrach com-pàirt gu leòr.

Chan eil Bile UNCRC a’ dèanamh ullachadh sònraichte a thaobh seasamh, a tha a’ ciallachadh gum biodh na riaghailtean àbhaisteach mu cò as urrainn cùisean a thoirt gu cùirt (ann am faclan eile, an deuchainn com-pàirt gu leòr) a’ buntainn ri

³² [Achd Cùirt an t-Seisein 1988 - \(www.legislation.gov.uk\)](http://www.legislation.gov.uk) earrann 27B(2)(a), mar a chaidh atharrachadh le earrann 89 de dh’Achd Ath-leasachadh nan Cùirtean (Alba) 2014.

³³ Gus cùis-lagha a thoirt a-steach fo Achd nan Còraichean Daonna, feumaidh an neach a bhith na neach-fulaing fo Alt 34 den ECHR (Achd nan Còraichean Daonna 1998 ss.7(1), (7)).

tagraidhean a thigeadh fon Bhile sin. Tha Bile an UNCRC cuideachd a' toirt chumhachdan ùra do Choimiseanair Chloinne is Dhaoine Òga Alba agus do Choimisean Chòraichean Daonna na h-Alba gus cùisean lagha a thoirt a-steach no a dhol an sàs annta. Tha sinn airson an aon dòigh-obrach seo a thaobh seasamh a thoirt a-steach airson cùisean catharra a chaidh a thogail fo Bhile nan Còraichean Daonna, gus am bi e comasach do bhuidhnean sa chomann shìobhalta aig a bheil com-pàirt gu leòr ann an cùis a bhith a' toirt air adhart cùisean lagha ma tha na cùirtean den bheachd gu bheil e iomchaidh ann an suidheachadh sònraichte. Neartaicheadh cumhachdan dhan SHRC agus is dòcha dhan CYPCS cuideachd a bhith a' toirt a-steach no a' dol an sàs ann an cùisean catharra fon Bhile comas nam buidhnean sin gus taic a thoirt do dhaoine fa leth agus gus dèiligeadh ri cùisean siostamatach tro na cùirtean.

Inbhe ath-bhreithneachaidh

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 24

Cuir a-steach san fhrèam-obrach dòigh-obrach a thaobh inbhe ath-bhreithneachaidh air reusantachd ceum a bheir aire do dh'inbhean lagh chòraichean daonna eadar-nàiseanta agus do dheagh chleachdaidhean coimeasach.

Tha 'inbhe ath-bhreithneachaidh' a' ciallachadh nan inbhean laghail a chleachdas cùirtean gus tighinn gu co-dhùnadh a bheil neach/buidheann-co-dhùnaidh air gnìomh a ghabhail gu laghail. Tha '*deuchainn Wednesbury*'³⁴ air aon de raon de dheuchainnean a chuireas na cùirtean an sàs ann an cùisean ath-bhreithneachaidh laghail air adhbharan lagh poblach. Fo *dheuchainn Wednesbury*, dh'fhaodadh gum bi co-dhùnadh "*mì-laghail ma tha e cho mì-reusanta is nach biodh neach-co-dhùnaidh reusanta sam bith air a ruighinn*". Seo slat-tomhais gu math àrd. Is e deuchainn eile a bhios cùirtean na h-Alba a' cur an sàs an deuchainn 'co-rèireachd' fo Achd nan Còraichean Daonna 1998 a thaobh coileanadh ECHR, a tha a' gabhail a-steach measadh a bheil bacadh sam bith air còir le neach-co-dhùnaidh nan dòigh iomchaidh air amas dligheach a choileanadh. Tha na deuchainnean coltach ri chèile ann an iomadh dòigh, ach far a bheil cùirt a' cur an gnìomh prionnsapal co-rèireachd bheir i sùil nas mionaidiche mar as trice air ceartachd a' cho-dhùnaidh a rèir an fhiosrachaidh a tha ri fhaighinn na bhiodh i dìreach le bhith a' cleachdadh deuchainn *Wednesbury*.

Fo Bhile nan Còraichean Daonna, tha sinn a' beachdachadh am bu chòir an dòigh-obrach airson reusantachd a mheasadh a bhith eadar-dhealaichte bho dheuchainn *Wednesbury*, agus mar sin tha sinn a' beachdachadh am bu chòir dhuinn an stairsneach a lùghdachadh airson co-dhùnadh an robh neach-co-dhùnaidh ri gnìomh mì-laghail. Seo a chionn 's gu bheil sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil fuasglaidhean cùirt cho ruigsinneach 's a ghabhas do luchd-seilbh chòraichean. Beachdaichidh sinn barrachd air cò ris a bhiodh dòigh-obrach mar seo coltach ann an cleachdadh, a' toirt aire chùramach do dhòighean-obrach làithreach eile agus air modailean eadar-nàiseanta, agus air beachdan nan cùirtean, proifeisean an lagha agus luchd-ùidh eile. Gheibhear eisimpleirean de dh'inbhean lèirmheis ann an

³⁴ *Associated Provincial Picture Houses Ltd v Wednesbury Corp* [1948] 1 K.B. 223.

stiùireadh a rinn a' Chomataidh air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach (CESCR).³⁵

Nuair a thathar a' beachdachadh air a' chùis seo, bheir sinn aire cuideachd do phuingeann eile air am faodadh na cùirtean beachdachadh mar-thà nuair a thathar a' dèiligeadh ri ath-sgrùdadh laghail a rèir an t-suidheachaidh. Tha iad sin a' gabhail a-steach na ceistean an robh an neach-co-dhùnaidh taobh a-staigh nan cumhachdan aca; an do rinn iad co-chomhairle ma bha riatanas orra sin a dhèanamh no an robh dùil reusanta ann gun rachadh co-chomhairle a chumail; an tug iad aire do fhreagairtean a chaidh a thoirt do cho-chomhairle sam bith; an tug iad aire do nithean buntainneach nuair a bha iad a' tighinn gu co-dhùnadh; an tug iad aire do dh'fhactaran neo-iomchaidh; agus an do lean iad pròiseas iomchaidh, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh mheasaidhean buaidh a bha riatanach.

Fuasglaidhean Laghail

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 25

Beachdaich barrachd air mar a dh'fhaodadh am frèam-obrach ullachadh airson làn fharsaingeachd de dh'fhuasglaidhean iomchaidh fo lagh eadar-nàiseanta a dh'fhaodadh a bhith air an òrdachadh le cùirt no triùnaid nuair a bhiodh feum orra, a' gabhail a-steach fuasglaidhean cuimsichte a dh'fhaodadh dèanamh cinnteach nach tachradh am briseadh chòraichean a-rithist (leithid toirmeasgan structarail – structural interdicts).

Ann an Alba, tha raon de dh'fhuasglaidhean rim faighinn mar-thà a thaobh ath-sgrùdaidhean breithneachaidh.³⁶ Gu sònraichte, tha riaghailtean Cùirt an t-Seisein ag ràdh:

*“Faodaidh a' chùirt, ann a bhith a' cleachdadh a h-uachdranas stiùiridh a thaobh tagradh airson ath-sgrùdadh laghail ... òrdugh den t-seòrsa seo a dhèanamh a thaobh na ceist, mar a tha i a' meas iomchaidh, co-dhiù a chaidh no nach deach òrdugh mar sin iarraidh san tagradh, agus e na òrdugh a ghabhadh a dhèanamh mar a chaidh iarraidh ann an gnìomh no athchuinge sam bith, a' gabhail a-steach òrdugh airson **lùghdachadh (reduction), declarator, casg rè ùine (suspension), òrdugh-bacaidh (interdict), buileachadh (implement), ath-dhioladh (restitution), pàigheadh (airgead-dìolaidh no eile)** agus òrdugh eadar-amail sam bith.”³⁷*

Tha seo a' ciallachadh gu bheil sgòp gu math farsaing aig na cùirtean gus na tha iad a' smaoinneachadh a tha iomchaidh òrdachadh, leithid co-dhùnadh sealach fhad 's a thathar a' dèanamh barrachd rannsachaidh, a' cur stad no stad rè ùine air rudeigin, no òrdugh airson airgead dìolaidh, mar eisimpleir.

³⁵ [An Evaluation of the Obligation to Take Steps to the “Maximum of Available Resources” Under an Optional Protocol to the Covenant](#)

³⁶ Am pròiseas gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air co-dhùnaidhean poblach ann an cùirtean na dùthcha.

³⁷ [Riaghailtean Cùirt an t-Seisein, Caibideil 58](#)

Tha Àrd-sheanadh nan Dùthchannan Aonaichte air gabhail ri prionnsapalan agus stiùireadh bunaiteach mu fhuasglaidhean airson droch bhrisidhean chòraichean daonna eadar-nàiseanta.³⁸ San fharsaingeachd, gabhaidh geàrr-chunntas a dhèanamh orra mar a leanas:

- **Ath-dhioladh**, (restitution) a bu chòir, far an gabh sin dèanamh, an neach-fulaing a thoirt air ais chun an t-suidheachaidh thùsail san robh iad mus do thachair am briseadh chòraichean daonna.
- **Airgid-diòlaidh**, a' pàigheadh airgead diòlaidh.
- **Ath-ghnàthachadh** far a bheil briseadh còir air cron mòr meidigeach agus saidhgeòlach adhbharachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach cothrom air seirbheisean ath-ghnàthachaidh (m.e. seirbheisean sòisealta, seirbheisean meidigeach, no seirbheisean slàinte-inntinn gus dèanamh cinnteach gu bheil an tagraiche a' faighinn taic gus faighinn seachad air a' chron a dh'adhbharaich am briseadh chòraichean).
- **Riarachas**, a tha farsaing agus as urrainn a bhith a' gabhail a-steach grunn thaobhan a tha ag amas air stad a chur air brisidhean leantainneach, foillseachadh fhìrinnean, dearbhadh oifigeil ag ath-nuadhachadh urram / cliù, leisgeul poblach, smachd-bhannan, cuimhneachan agus ùmhlachd, agus atharrachaidhean air stuthan foghlaim gus fìrinn a nochdadh a thaobh bhrisidhean.
- **Barantasan nach tachair a leithid a-rithist (toirmeasgan structarail)** - is urrainn dhan dòigh-obrach seo a bhith a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh agus ath-leasachadh laghan.

Tha sinn a' beachdachadh air an ìre is gu bheil e comasach fhuasglaidhean èifeachdach a thoirt seachad fon t-sreath làithreach de dh'fhuasglaidhean Albannach a tha fosgailte do na cùirtean mar-thà. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh am b' urrainn do dh'fhuasglaidhean a th' ann mar-thà leigeil le taobhan den dòigh-obrach toirmeasg structarail a bhith air an cleachdadh mar dhòigh fhuasglaidh a thaobh nan dleastanasan sa Bhile, mar a mhol a' Bhuidheann-ghnìomh. Tha toirmeasgan structarail ann gus dèiligeadh ri cùisean structarail, a bheir buaidh air àireamh mhòr de dhaoine, seach air cuspairean a bheir buaidh air duine fa-leth. Dh'fhaodadh iad a bhith a' gabhail a-steach cruinneachadh de dh'fhuasglaidhean, far am biodh na cùirtean a' cur diofar roghainnean còmhla. Ach, dh'fhaodadh iad cuideachd àite nas motha a thoirt do na cùirtean ann a bhith ag ath-sgrùdadh adhartas no a' ceadachadh phlanaichean gnìomh. Beachdaichidh sinn barrachd air an àite a dh'fhaodadh a bhith aig òrdughan-bacaidh structarail fon Bhile. Ach tha am fhuasgladh a thèid a chleachdadh ann an cùis sam bith na cheist do na cùirtean.

³⁸ [Basic Principles and Guidelines on the Right to a Remedy and Reparation for Victims of Gross Violations of International Human Rights Law and Serious Violations of International Humanitarian Law | OHCHR](#)

A' dèiligeadh ri neo-chòrdachd

Coltach ri Achd nan Còraichean Daonna 1998, tha sinn a' moladh a bhith a' cur a-steach ullachadh gum feumar reachdas a tha taobh a-staigh raon a' Bhile a leughadh agus a thoirt gu buil ann an dòigh a tha co-chòrdail ris na còraichean sa Bhile, chun na h-ìre as motha 's a ghabhas. Bidh an t-ullachadh co-ionann ann am Bile an UNCRC mu mhìneachadh reachdas an urra ri ath-bheachdachadh le Pàrlamaid na h-Alba às dèidh breithneachadh na Prìomh Cùirt air comas reachdail a' Bhile sin, agus bidh sinn mothachail air cumhachan a' bhreitheanais sin agus toradh a' phròiseis ath-bheachdachaidh ann a bhith a' cruthachadh na dòigh-obrach a tha sinn a' moladh.

Tha sinn a' beachdachadh gu faiceallach air fuasglaidhean iomchaidh do chùirtean far a bheil iad a' faicinn nach eil co-chòrdalachd ann an reachdas a tha taobh a-staigh raon a' Bhile. Tha ullachaidhean ann am Bile an UNCRC airson cur às agus airson dearbhaidhean neo-chòrdachd, ged a bhios na h-ullachaidhean sin (am measg eile) cuideachd fo ùmhlachd ath-bheachdachadh le Pàrlamaid na h-Alba às dèidh breithneachadh na Prìomh Chùirt air comasachd reachdail a' Bhile sin. Tha sinn mothachail gum feumar dèanamh cinnteach gu bheil fuasglaidhean ann as fheàrr a bheir air adhart na còraichean sònraichte a tha sinn a' stèidheachadh, agus tha sinn fosgailte do bheachdan air dè am fuasgladh a tha iomchaidh ma gheibhear a-mach gu bheil reachdas buntainneach ann nach eil co-chòrdail. Is e am prìomh amas a bhios againn a' bhuil as fheàrr a thoirt seachad airson a bhith ag adhartachadh buileachadh chòraichean taobh a-staigh frèam-obrach soilleir agus ruigsinneach airson fuasgladh. Nì sinn cinnteach cuideachd, ann a bhith a' beachdachadh air fuasglaidhean airson reachdas neo-chòrdail ann am Bile nan Còraichean Daonna, gum bi sinn mothachail air toradh pròiseas ath-bheachdachaidh Bile an UNCRC.

Ceistean

33. Dè do bheachd air an dòigh-obrach a tha sinn a' moladh a thaobh 'seasamh' ann am Bile nan Còraichean Daonna? Mìnich na beachdan agad.
34. Dè an dòigh-obrach a bu chòir a bhith ann airson a bhith a' measadh 'reusantachd' fo Bhile nan Còraichean Daonna?
35. A bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gu bheil fuasglaidhean laghail gu leòr ann gus fuasgladh èifeachdach a libhrigeadh do luchd-seilbh chòraichean?
36. Mura h-eil thu ag aontachadh gu bheil fuasglaidhean laghail làithreach gu leòr ann gus fuasgladh èifeachdach a libhrigeadh do luchd-seilbh chòraichean, dè na fuasglaidhean a bharrachd a chuidicheadh gus seo a dhèanamh?
37. Dè do bheachd air an fhuasgladh as iomchaidh mas e is gum faigh cùirt a-mach nach eil reachdas co-chòrdail ris na còraichean anns a' Bhile?

PÀIRT 9: A' CUR ACHD CHÒRAICHEAN DAONNA ÙR NA H-ALBA AN GNÌOMH

Tha an earrann seo den cho-chomhairle a' coimhead air na beachdan againn air mar a chuireas sinn am Bile an gnìomh às dèidh dha a dhol na lagh. Tha seo deatamach gus dèanamh cinnteach gu bheil còraichean aig daoine 'an dà-rìribh'. Tha smaoineachadh air buileachadh aig ìre thràth aig an àm seo agus thèid a leasachadh barrachd tro stèidheachadh Buidheann Obrach Buileachaidh as t-samhradh.

“Nuair a tha feum agad air cuideachadh, tha thu ann an èiginn agus tha thu a' strì...tha dìth smaoineachaidh aonaichte eadar na seirbheisean às a bheil thu a' sireadh cuideachaidh agus tha mi a' smaoineachadh gu bheil sin na chnap-starra mòr....dh'fhiosraich mi sin [air an] taobh mheidigeach, agus an dotair ag ràdh, uill, chan e mo dhuilgheadas a th' ann ma tha trioblaidean taigheadais agad, no ma tha trioblaidean agad taobh a-staigh na dachaigh, agus cha bu chòir dha a bhith mar sin, bu chòir gum biodh e mar “tha duilgheadas agad agus tha mi ag èisteachd riut mun duilgheadas agad”. Co-dhiù as urrainn dhomh do chuideachadh gus nach urrainn, tha e mu bhith gad stiùireadh air adhart chun taic cheart, gus am faigh an teaghlach gu lèir taic. Agus tha mi a' smaoineachadh gur e fìor bhacadh a th' ann nuair a choinnicheas tu ri seirbheisean a tha gu tur dùinte, agus iad ag ràdh, uill, chan e sin an duilgheadas agamsa. Gluais air adhart, mas e do thoil e..... aig an àm seo, tha an t-uallach gu lèir air daoine àbhaisteach a bhith a' sabaid airson an cuid chòraichean. Agus bu chòir am bile a chur an gnìomh ann an dòigh a tha a' ciallachadh nach fheum daoine sabaid tuilleadh.” – **Ball de Bhòrd an Eòlais Bheatha**

A' cur na h-Achd an Gnìomh

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 12

Ullachadh a chur ann airson dòigh-obrach clàs èirigh na grèine a chruthaicheas dleastanas coileanadh a tha a' toirt dìon do luchd-seilbh chòraichean agus aig an aon àm a tha a' toirt ùine do luchd-giùlain dhleastanasan ullachadh airson làn ghnìomhachadh den fhrèam-obrach reachdail.

Feumar am Bile a chur an sàs gus am bi na dleastanasan a mhinich sinn na bu thràithe ceangailteach gu laghail dhaibhsan a tha a' libhrigeadh dhleastanasan poblach tiomnaichte. Tha sinn an dùil na dleastanasan seo a thòiseachadh ann an òrdugh (aon às dèidh a chèile, le àm eatarra), gus ùine a thoirt do bhuidhnean poblach ullachadh airson a' Bhile a' tighinn gu làn èifeachd nuair a bhios e na Achd. Dhaingnich Bòrd an Eòlais Bheatha cho cudromach 's a tha e gluasad air adhart le buileachadh gu sgiobalta, mar thoradh air an àrainneachd a tha a' sìor fhàs dùbhlanaich a thaobh chosgaisean bith-beò agus neo-ionannachd, agus bidh seo aig fìor thoiseach ar n-inntinn agus sinn a' gluasad air adhart. Tha buidhnean poblach air innse gum feum iad ùine gus fàs eòlach air na h-inbhean ùra agus gus dèanamh cinnteach gu bheil am bun-structar ceart aca gus an urrainn dhaibh taic a chumail ri buileachadh agus coileanadh. Bhiomaid an dùil gum biodh feum air riaghailtean cùirte catharra gus cuideachadh le buileachadh an reachdais. A rèir cleachdadh àbhaisteach, dh'ullaicheadh Riaghaltas na h-Alba pàipear poileasaidh airson a dhol

gu Comhairle Ceartas Catharra na h-Alba a' cur air adhart molaidhean airson riaghailtean cùirte.

Airson an dleastanas mhodha thùsail a mhol sin, a' chiad dleastanas susbainteach a rachadh a chur an gnìomh nar beachd, tha sinn den bheachd gum biodh stiùireadh a dhìth gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh gus a libhrigeadh. Bhiomaid ag obair gu dlùth le luchd-ùidh air susbaint an stiùiridh sin. Tha seo a' ciallachadh gum bi feum againn air ùine iomchaidh às dèidh Aonta Rìoghail, gus leigeil leinn stiùireadh a chruthachadh agus gus co-chomhairle a chumail air.

Ceist

38. Dè do bheachd air na molaidhean againn airson a bhith a' cur an reachdais an gnìomh?

Bun-dhleastanasan

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 13

Gum bi pròiseas com-pàirteachail ann gus na prìomh bhun-dhleastanasan a thaobh chòraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail a tha air an stèidheachadh a mhìneachadh, agus dleastanas soilleir a bhith ann airson coileanadh mean air mhean gus taic a chumail ri buileachadh èifeachdach den fhrèam-obrach, a bheir aire do shusbaint gach còir.

Tha Pàirt 7 den cho-chomhairle seo a' coimhead air dleastanasan agus a' mìneachadh nam molaidhean againn airson dleastanas coileanaidh, a' gabhail a-steach riatanas gus bun-dhleastanasan de chòraichean eaconamach, sòisealta agus cultarail a libhrigeadh cho math ris a' chòir air àrainneachd fhallain. Cruthaichidh sinn pròiseas com-pàirteachaidh airson a bhith a' cruthachadh bhun-dhleastanasan a bhiodh na phàirt chudromach den bhuileachadh às dèidh tòiseachadh na h-Achd. Mar sin dh'fheumadh am pròiseas com-pàirteachail seo a bhith air a chumail ro làimh mus rachadh an dleastanas coileanaidh a chur an gnìomh.

Ceist

39. Dè do bheachd air na molaidhean againn gus bun-dhleastanasan a stèidheachadh tro phròiseas com-pàirteachail?

Sgeama Chòraichean Daonna

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 15

Cuir dleastanas air Ministearan na h-Alba sgeama chòraichean daonna fhoillseachadh gus barrachd buaidh a thoirt do na còraichean a tha san fhrèam-obrach seo, a bhith cunntachail airson a chur an gnìomh, a bhith ag aithris gu sònraichte air mar a chaidh dleastanas air frèam-obrach chòraichean daonna reachdail a ghabhail a-steach rè pròiseas a' bhuidseit, mu adhartas a rinneadh air Plana Gnìomh Nàiseanta na h-Alba airson Còraichean Daonna, agus ullachadh airson dleastanasan aithris bho àm gu àm air planaichean buileachaidh airson Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan poblach.

Mar a chaidh a chur an cèill na bu thràithe, tha sinn airson dleastanas a chur air aghaidh a' Bhile gum bi aig Ministearan na h-Alba ri Sgeama Chòraichean Daonna fhoillseachadh. B' e an t-adhbhar airson seo dèanamh cinnteach gum biodh leasachadh, foillseachadh agus aithris air adhartas ann – a' toirt seachad plana buileachaidh farsaing do Riaghaltas na h-Alba. Bhiodh an Sgeama na chothrom sgrùdaidh airson obair Riaghaltas na h-Alba san àm a dh'fhalbh agus san àm ri teachd, gus còraichean agus dleastanasan san fhrèam-obrach a chur an gnìomh. Dh'fhaodadh seo an dòigh-obrach ann am Bile an UNCRC a leantainn gu ìre mhòr a thaobh Sgeama nan Còraichean Chloinne. Tha sinn gu mòr airson co-thaobhadh ri seo far a bheil sin iomchaidh, gus dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ann.

Cuidichidh an Sgeama a tha sinn a' moladh gus dèanamh cinnteach gu bheil cunntalachd mhinistireil ann airson buileachadh agus tòiseachadh na h-Achd san àm ri teachd tro dhleastanas a bhith ag aithris dhan Phàrlamaid, agus gu bheil pròiseas foirmeil ann airson na Pàrlamaid agus feadhainn eile a bhith a' sgrùdadh adhartas. Mholamaid gum feumadh an sgeama a bhith air a chur air beulaibh na Pàrlamaid gus an sgòp aige a stèidheachadh. Às dèidh sin, bhiodh cuairt aithris ann far am biodh e mar dhleastanas air Ministearan na h-Alba an obair cruinneachadh fianais agus co-chomhairleachaidh a dhèanamh gus aithisg mhionaideach fhoillseachadh aig amannan cunbhalach air na cùisean a tha air an còmhdach leis an Sgeama. Tha sinn airson modh-obrach pàrlamaideach a stèidheachadh do Mhinistearan gus susbaint an Sgeama atharrachadh, a' gabhail a-steach riatanasan a thaobh an t-seòrsa fianais agus fiosrachaidh (leithid molaidhean comataidh cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte) a dh'fheumas leasachadh an Sgeama fhiosrachadh agus a bhith a' toirt a-steach buidhnean ainmichte ris am bu chòir co-chomhairle a chumail mar phàirt den phròiseas seo cho math ris a' chomas co-chomhairle a chumail le daoine no buidhnean eile a tha air am meas iomchaidh. Dh'fhaodadh am Bile cuid de bhuidhnean sònraichte a mhìneachadh ris am feum Ministearan na h-Alba co-chomhairle a chumail ann a bhith ag ullachadh moladh an Sgeama, agus cuideachd mar phàirt de bhith a' coileanadh an dleastanas aithris aca. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach luchd-seilbh chòraichean, leis gun do chuir Bòrd an Eòlais Bheatha cuideam air cho cudromach 's a tha sgrùdadh agus cunntalachd ann a bhith a' toirt air adhart barrachd spèis do chòraichean daonna, a bharrachd air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan air am prìomhachasadh gus dèiligeadh ri cùisean chòraichean daonna.

Tha sinn den bheachd gum faodadh an Sgeama dèiligeadh ris na taobhan a leanas:

- **Planaichean airson buileachadh.** Tha sinn a' beachdachadh air dòighean anns am faodadh an Sgeama obrachadh gus am faighear air sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhan Riaghaltas na h-Alba a thaobh buileachadh a' Bhile san àm ri teachd agus coileanadh san àm a dh'fhalbh.
- **An Dàrna Plana Gnìomh Nàiseanta na h-Alba airson Chòraichean Daonna (Scotland's National Action Plan for Human Rights - SNAP2).** Dh'fhaodadh am fiosrachadh às ùr a bhith san Sgeama mu adhartas air gnìomhan taobh a-staigh SNAP2.
- Planaichean sam bith gus **barrachd reachdais a thoirt a-steach** gus frèam-obrach chòraichean daonna a tha air a mhìneachadh san Achd a thoirt gu buil.
- Planaichean no molaidhean airson leasachaidhean air **cothroman air ceartas** a thaobh nan còraichean sa Bhile tro dhòighean gearain, cothrom air fiosrachadh, tagradh agus riochdachadh.
- Ag aithris air gnìomhan Riaghaltas na h-Alba gus **còraichean daonna fhighe a-steach barrachd ann am pròiseasan buidseit.**
- An ìre is gu bheil **com-pàirteachadh poblach** fhathast a' fiosrachadh buileachadh a' Bhile.
- Obair **fiosrachaidh agus togail mothachaidh** a rinneadh agus a chaidh a phlanadh a thaobh a' Bhile.
- **Stiùireadh** air fhoillseachadh agus air a phlanadh gus taic a chumail ri buileachadh a' Bhile.
- **Cunntachalachd ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta,** a' gabhail a-steach aithris do Phàrlamaid na h-Alba agus do na Dùthchannan Aonaichte, Comhairle na h-Eòrpa agus buidhnean eadar-nàiseanta eile air mar a thèid cumail ri dleastanasan cùmhnaint, freagairtean do mholaidhean bho institiudan eadar-nàiseanta agus buileachadh breithneachaidhean Cùirt Eòrpach nan Còraichean Daonna ann an raointean tiomnaichte; agus
- **Sgrùdadh agus measadh chòraichean daonna agus measaidhean buaidh.**

Ceist

40. Dè do bheachd air na molaidhean againn airson sgeama Chòraichean Daonna na h-Alba?

Sgrùdadh pàrlamaideach

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 14

Measadh ro-reachdais gu bhith air a ghabhail a-steach san fhrèam-obrach – a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach riathanas airson dearbhadh gu bheil Bile sam bith a thathar a' moladh a' cumail ris na còraichean a tha san fhrèam-obrach agus sealltainn far a bheil am Bile a thathar a' moladh a' cur ri adhartachadh nan còraichean sin.

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil reachdas a thèid a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air a mheasadh a rèir mar a tha e a' cumail taic ris na còraichean a tha ann am Bile nan Còraichean Daonna. Tha seo gus dèanamh cinnteach, nuair a thathar a' sgrùdadh agus a' bhòtadh air reachdas san àm ri

teachd, gu bheil Pàrlamaid na h-Alba riarachd gu bheil an reachdas sin a' cumail taic ri còraichean agus a' coileanadh chòraichean agus gun urrainn dha cur ri adhartachadh nan còraichean anns a' Bhile Chòraichean Daonna ùr.

Fo Achd na h-Alba 1998, tha e fìor mar-thà gum feum Ball (a' gabhail a-steach a' Mhinistear Albannaich iomchaidh) aithris a dhèanamh mus tèid Bile a thoirt a-steach, no nuair a thathar a' toirt Bile a-steach, a' dearbhadh, nam beachd-san, gu bheil e taobh a-staigh comas reachdail Pàrlamaid na h-Alba. Tha seo a' gabhail a-steach beachdachadh air a bheil am Bile co-chòrdail ris na còraichean fo Achd nan Còraichean Daonna 1998. San aon dòigh, feumaidh Oifigear Riaghlaidh Pàrlamaid na h-Alba aithris co-chòrdalachd a dhèanamh airson gach bile air a bheil a' beachdachadh. Tha na h-aithrisean seo mar thoradh air measaidhean mionaideach, agus a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil Bilean a thathar a' toirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba a' coinneachadh ri riatanasan comais reachdail, a' gabhail a-steach riatanasan a bhith ag obair ann an co-rèir ris an ECHR.

Gus measadh agus sgrùdadh co-cheangailte ri còraichean daonna a neartachadh air reachdas ùr, tha sinn airson sgrùdadh a dhèanamh air riatanas gum feum aithris co-chòrdalachd a bhith an cois a h-uile Bile Poblach (Bilean Riaghaltais, Bilean Bhall agus Bilean Comataidh) mun ìre is gu bheil am Bile a thathar a' moladh a' cumail ris na riatanasan sònraichte ann am Bile nan Còraichean Daonna. Dh'fhaodadh an aithris seo a bhith air fhoillseachadh a bharrachd air an aithris comas reachdail, air an deach bruidhinn gu h-àrd, cho math ris an aithris coltach ri seo a bhios a dhìth fo Bhile an UNCRC. Dhèanadh na h-aithrisean seo cinnteach gum biodh gach moladh airson Bile Poblach a bhiodh air a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba air am measadh a rèir farsaingeachd nas motha de chòraichean sìobhalta, poilitigeach, eaconamach, cultarail agus chloinne.

Tha sgrùdadh pàrlamaideach air Bilean agus co-chomhairlean Bile an urra ri Pàrlamaid na h-Alba aig a' cheann thall, mar a tha sgrùdadh nam Bilean nuair a thèid an toirt a-steach gu foirmeil. Mar sin bidh Riaghaltas na h-Alba a' conaltradh ri Pàrlamaid na h-Alba agus a' toirt cuireadh dhi beachdachadh a bheil leasachaidhean sam bith ann a tha i airson a dhèanamh, math dh'fhaodte, air an dòigh-obrach aice a thaobh sgrùdadh reachdail gus cur ris na leasachaidhean air measadh ro-reachdail a tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh.

Ceist

41. Dè do bheachd air a bhith a' cur ri measadh agus sgrùdadh an reachdais a bheirear a-steach do Phàrlamaid na h-Alba a thaobh nan còraichean ann am Bile nan Còraichean Daonna?

Stiùireadh agus togail comais do bhuidhnean poblach

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 17

Dèan cinnteach gun gabh am frèam-obrach ullachadh airson a bhith a' dèanamh stiùireadh reachdail agus neo-reachdail, a bu chòir a libhrigeadh tro cho-obrachadh le prìomh luchd-ùidh a' gabhail a-steach luchd-seilbh chòraichean.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 18

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail cheumnanan gus dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan poblach a' faighinn taic gus am frèam-obrach a chur an gnìomh gu h-èifeachdach tro bhith a' toirt seachad stòrasan iomchaidh agus stiùireadh soilleir air an dleastanasan.

Tha stiùireadh ro-chudromach gus taic a thoirt do bhuileachadh èifeachdach. Mar sin tha sinn airson stiùireadh a thoirt air adhart airson ùghdarrasan poblach agus iadsan a tha fo smachd nan dleastanasan sa Bhile gus cuideachadh le buileachadh èifeachdach. Beachdaichidh sinn gu mionaideach air cruth, susbaint agus farsaingeachd an stiùiridh seo, ag obair gu dlùth le raon farsaing de luchd-ùidh gus seo aontachadh.

Bidh togail comais air feadh an riaghaltais agus ùghdarrasan poblach deatamach gus dèanamh cinnteach gu bheil buileachadh èifeachdach ann. Cruthaichidh sinn plana, ag obair gu dlùth leis a' Bhuidhinn-obrach Buileachaidh a chaidh a stèidheachadh bho chionn ghoirid, a tha air a cho-thaobhadh ris an obair againn gus comas a thogail a thaobh buileachadh Bile an UNCRC, ath-leasachadh a dhèanamh air gnìomhachd Dleastanas Co-ionannachd na Roinne Poblach ann an Alba, agus nì sinn barrachd gus co-ionannachd agus còraichean daonna fhisge a-steach air feadh an riaghaltais agus nan seirbheisean poblach.

Fiosrachadh agus togail mothachaidh do luchd-seilbh chòraichean

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 20

Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba, ag obair còmhla ris an t-sòisealtas chatharra, luchd-ùidh stèidhichte sa choimhearsnachd agus ùghdarrasan poblach, dòighean èifeachdach a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh a tha a dhìth air daoine mu an cuid chòraichean aca agus gum bi cothrom furasta aca air comhairle mu chòraichean.

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 28

Bu chòir Riaghaltas na h-Alba iomairt mothachaidh mhòr a chur air dòigh mun fhrèam-obrach ùr.

Tha e deatamach gum bi fiosrachadh ruigsinneach ann mu na còraichean anns a' Bhile, agus còraichean daonna san fharsaingeachd, gus ann urrainn do luchd-seilbh chòraichean an cuid chòraichean a chleachdadh. Ag obair le luchd-ùidh, cruthachaidh sinn planaichean airson fiosrachadh agus togail mothachaidh, a' gabhail a-steach iomairt a tha a rèir a' chlàir-ama airson a bhuileachadh.

Sgrùdadh agus Aithris

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 30

Bu chòir barrachd beachdachaidh a dhèanamh air leasachadh agus neartachadh mhodhan sgrùdaidh is aithris èifeachdach aig gach ìre agus air dleastanasan aig an ìre nàiseanta agus ìre nan ùghdarras poblach, agus sinn ag aithneachadh gum bi seo cudromach gus dèanamh cinnteach gun tèid cumail ris an fhrèam-obrach gu ìre

nas fheàrr. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach beachdachadh air Uidheam Nàiseanta airson Sgrùdadh, Aithris agus Buileachadh, mar a chaidh a mholadh le Buidheann Comhairleachaidh a' Phrìomh Mhinisteir air Ceannardas Chòraichean Daonna.

Tha sgrùdadh agus aithris air leth cudromach gus na còraichean anns a' Bhile a thoirt gu buil agus tha sinn a' faicinn seo mar nì deatamach gus measadh a dhèanamh an dà chuid air rudan a rinneadh roimhe agus planaichean san àm ri teachd. Tha an dòigh-obrach a tha sinn a' cruthachadh a thaobh sgrùdadh agus aithris ri faicinn ann an àite eile sa cho-chomhairle seo, gu sònraichte a thaobh an dleastanais aithris a thathar a' moladh airson cuid de dh'ùghdarrasan poblach agus Sgeama nan Còraichean Daonna. Tha sinn air beachdachadh am bu chòir Uidheam Nàiseanta a stèidheachadh no nach bu chòir³⁹ agus tha sinn den bheachd gu bheil Riaghaltas na h-Alba mar-thà a' coileanadh nam prìomh ghnìomhan a tha air an comharrachadh ann an stiùireadh nan Dùthchannan Aonaichte, a tha a' toirt fa-near gu bheil "modail Ministreil" air aon eisimpleir de dheagh chleachdadh. Tha sinn airson an dòigh-obrach san raon seo a neartachadh agus bheir sinn obair air adhart gus beachdachadh air an dòigh as fheàrr air sin a dhèanamh.

Ceistean

42. Ciamar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean comas a thogail gu h-èifeachdach thar na roinne poblaich gus dèanamh cinnteach gu bheil na còraichean sa Bhile air an libhrigeadh?
43. Ciamar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean fiosrachadh èifeachdach a thoirt seachad agus mothachadh a thogail mu chòraichean do luchd-seilbh chòraichean?
44. Dè do bheachd air sgrùdadh agus aithris?

³⁹ <https://www.ohchr.org/en/publications/policy-and-methodological-publications/national-mechanisms-reporting-and-follow>

PÀIRT 10: NA H-ATH-CHEUMAN

Tha a' phàirt seo den cho-chomhairle a' mìneachadh nan ath cheuman às dèidh foillseachadh na sgrìobhainn seo.

A' Cho-chomhairle

Moladh Buidheann-ghnìomh Chòraichean Daonna 27

Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba dòigh-obrach ùr-ghnàthach agus stèidhichte air còraichean daonna a chleachdadh gus am poball a thoirt an sàs ann a bhith a' cruthachadh an fhrèam-obrach a' gabhail a-steach an stiùiridh agus a bhith ga bhuileachadh.

Mairidh a' cho-chomhairle fad 16 seachdainean agus thig i gu crìch air Diardaoin 5 Dàmhair 2023.

Bu chòir dhan a h-uile duine aig a bheil ùidh sa chùis na beachdan aca a thoirt seachad gus am Bile fhiosrachadh. Rè àm a' cho-chomhairleachaidh, nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gum bi fios aig uiread cho mòr 's as urrainnear de dhaoine mun cho-chomhairle agus gum bi iad air am brosnachadh agus a' faighinn taic gus pàirt a ghabhail ann. Bidh seo a' gabhail a-steach sreath de thachartasan deasbaid roinneil le fòcas air coinneamhan pearsanta thar raon de choimhearsnachdan bailteil, dùthchail agus iomallach. Feuchaidh sinn ri coinneachadh ri buidhnean chòraichean sònraichte aig a bheil cnapan-starra sòisealta eachdraidheil agus leantainneach a thaobh an guthan a bhith air an cluinntinn ann an co-chomhairlean poblach. Foillsichidh sinn pasganan fiosrachaidh gus an urrainn do bhuidhnean coimhearsnachd na còmhraidhean aca fhèin a chumail agus, ma thogras iad, freagairt buidhne a chur a-steach dhan cho-chomhairle. Tron obair seo air fad, nì sinn am feum as fheàrr de ghoireasan ruigsinneachd gus am bi an uiread 's a ghabhas de dhaoine comasach air a dhol an sàs ann.

Leanaidh am Bòrd Comhairleachaidh agus am Bòrd Gnìomha orra a' coinneachadh tron ùine cho-chomhairleachaidh agus thairis air a' chòrr de phròiseas leasachaidh a' Bhile. Cuidichidh na buidhnean seo Riaghaltas na h-Alba gus dlùth cheangal a chumail ri lionra nas fharsainge de chomann catharra na h-Alba, an treas roinn agus ùghdarrasan poblach gus na roinnean sin ullachadh, a bharrachd air seirbheisean poblach loidhne-aghaidh, britheamhan, buidhnean sgrùdaidh agus eile, gus am Bile a bhuileachadh. Leanaidh sinn oirnn ag ath-sgrùdadh raon-ùghdarras agus ballrachd nam buidhnean sin gus dèanamh cinnteach gu bheil iad iomchaidh mar a bhios am Bile a' dol air adhart. Bidh sinn fhathast fosgailte do chonaltradh le buidhnean, buidhnean coimhearsnachd agus daoine fa leth a bharrachd air na Bùird againn agus dhan chonaltradh a thig am bàrr aon uair 's gu bheil am Bile air a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba. Cuidichidh am prògram gnìomhachd againn an cois a' cho-chomhairleachaidh, a bharrachd air an fhios-air-ais a gheibh sinn bhon cho-chomhairle fhèin, airson a bhith a' fiosrachadh far an cuir sinn fòcas sònraichte nuair a bhios mion-sgrùdadh a' cho-chomhairleachaidh deiseil.

Tha e cuideachd deatamach gun cùm sinn oirnn a' fiosrachadh ar cuid obrach le beachdan dhaoine aig a bheil eòlas beatha de bhacadh a bhith orra le bhith a' coileanadh nan còraichean daonna aca. Tha obair Bòrd an Eòlais Bheatha againn

air a bhith air leth luachmhor agus thathar a' cur fàilte oirre. Is e prìomh phuing ionnsachaidh a tha sinn air cluinntinn gu cunbhalach bho gach buidheann sa Bhòrd gum feum Riaghaltas na h-Alba sealltainn do gach buidheann mar a chleachd sinn am fiosrachadh a tha iad air a thoirt dhuinn. Mothachail air sin, tha sinn air pàipear fhoillseachadh a tha a' freagairt bheachdan a' Bhùird. Tha sinn cuideachd an dùil coinneachadh ri gach buidheann den Bhòrd gus am fios-air-ais a chluinntinn gu dìreach. Feumaidh beachdan dhaoine le eòlas beatha air cùisean chòraichean daonna cumail orra le bhith a' cumadh a' Bhile seo. Bha seo na phrìomh mholadh aig a' Bhuidhinn-gnìomh, agus ann a bhith ag obair le Bòrd an Eòlais Bheatha gus a' cho-chomhairle a chur ri chèile tha sinn air fhaicinn cho cudromach 's a tha com-pàirteachadh poblach ann am fìor-àm. Chuidich na chuir buill ri Bòrd an Eòlais Bheatha le bhith a' dùnadh na beàrn eadar còraichean daonna mar nì ann am prionnsabal a-mhàin agus a' bhuidh dha-rìribh a thathar a' faireachdainn ann am beatha dhaoine nuair nach eil na còraichean daonna aca air an coileanadh.

Tha sinn a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr air Bòrd an Eòlais Bheatha againn ùrachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil obair san àm ri teachd san raon seo a' cuideachadh gus bunait a chruthachadh airson buileachadh èifeachdach a' Bhile dhaibhsan as motha a tha feumach air.

MAR A NITHEAR FREAGAIRT

Tha sinn a' sireadh bheachdan dhan cho-chomhairle seo le ceann-latha mu dheireadh air Diardaoin 5 Dàmhair 2023.

Dh'fhaodadh cuid de na h-earrannan den cho-chomhairle seo a bhith nas buntainniche do chuid a dhaoine na do chuid eile. Mar sin, is dòcha gum bi thu dìreach airson cuid de na ceistean no na h-earrannan as iomchaidh dhut a fhreagairt. Tha sinn gad bhrosnachadh gus freagairt a chur a-steach, ge b' e cia mheud ceist a tha thu airson freagairt.

Cuir do bheachdan a-steach dhan cho-chomhairle seo a' cleachdadh hub co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space. Faigh agus freagair a' cho-chomhairle air-loidhne aig, [Citizen Space](#). Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean na co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh, Diardaoin 5 Dàmhair 2023.

Mur a tèid agad air freagairt air-loidhne, lìon am Foirm Fiosrachaidh Luchd-freagairt, a gheibhear aig, [Citizen Space](#) agus cuir thugainn e leis a' cheisteachan lìonta agad gu:

Aonad Ro-innleachd agus Reachdas Chòraichean Daonna
Buidheann-stiùiridh Co-ionannachd, In-ghabhail agus Chòraichean Daonna
Riaghaltas na h-Alba
Raon 3H a Tuath
Cidhe Bhictoria
Dùn Èideann
EH6 6QQ

No tro phost-d gu HumanRightsOffice@gov.scot

Cuimhnich gu bheil fàilte ort freagairt a chur a-steach ann an cruth sgrìobhainn Word, bhidio BSL no criomag claisneachd.

Tionndaidhean ruigsinneach agus tionndaidhean eile

Tha sinn air tionndaidhean ruigsinneach agus tionndaidhean eile den cho-chomhairle a dhèanamh, a tha rim faighinn air duilleag co-chomhairleachaidh Bile nan Còraichean Daonna [A Human Rights Bill for Scotland: Consultation - Scottish Government - Citizen Space](#). Ma tha tionndadh a bharrachd eile a dhìth ort, cuir an t-iarrtas agad thugainn tro phost-d aig HumanRightsOffice@gov.scot .

Tha beag-fhaclair de theirmean laghail is chòraichean daonna ri fhaighinn air CitizenSpace. Bidh facal sam bith ann an clò trom anns an fhaclair gus am faighear iomradh sgiobalta air a' bhrìgh ann an cainnt shìmplidh.

A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma tha thu a' freagairt tron hub co-chomhairleachaidh, thèid do chur air adhart chun na duilleig "Mu do Dheidhinn" mus cuir thu do bheachd a-steach. Innis dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh. Ma dh'iarraas tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas dìomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin.

Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin, gum biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo.

Mur a h-eil e comasach dhut freagairt tro Citizen Space, lìon agus cuir air ais am Foirm Fiosrachaidh mun Neach-freagairt a tha an cois na sgrìobhainn seo.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am poileasaidh prìobhaideachd againn:

[Prìobhaideachd - gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot).

Na h-ath-cheumannan sa phròiseas

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus às dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach annta, bidh freagairtean rim faighinn gu poblach air <http://consult.gov.scot>. Ma chleachdas tu an hub co-chomhairleachaidh gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Às dèidh a' chinn-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh orra cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Bidh aithisg anailis ri faighinn cuideachd.

Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas gus poileasaidh a dhèanamh. Bheir e cothrom dhuinn beachdachadh air na beachdan agus sgilean agaibh a thaobh raon obrach a tha air a mholadh.

Gheibhear na co-chomhairlean uile againn air-loidhne aig: <http://consult.gov.scot>. Tha gach co-chomhairle a' mìneachadh nan cuspairean air a bheilear a' beachdachadh, cho math ri dòighean gus ur beachdan a thoirt dhuinn, air-loidhne, tro phost-d no tron phost.

Thèid mion-sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaidh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fhiosrachadh is de dh'fianais. Foillsichidh sinn aithisg den anailis seo airson gach co-chomhairle. A rèir nàdair na co-chomhairle, dh'fhaodte gum bi na freagairtean:

- a' sealltainn gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadh poileasaidh
- a' fiosrachadh cruthachadh poileasaidh sònraichte

- a' cuideachadh gus co-dhùnadh a dhèanamh eadar diofar mholaidhean poileasaidh
- air an cleachdadh gus crìoch a chur air reachdas mus tèid a chur an sàs

Ged a dh'fhaodadh fiosrachadh mu shuidheachadh sònraichte a chaidh a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh am pròiseas poileasaidh fhiosrachadh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh dèiligeadh ri draghan agus beachdan aig daoine fa leth, a bu chòir a bhith air an cur chun na buidhne poblaich iomchaidh.

Beachdan agus gearanan

Ma thèid rudeigin ceàrr no ma tha thu mì-riaraichte leis an t-seirbheis againn, nach innis thu dhuinn air post-d aig HumanRightsOffice@gov.scot no tron phost aig an t-seòladh gu h-àrd. Obraichidh sinn còmhla riut gus fuasgladh fhaighinn air a' chùis.

Airson fios mu mar a nithear gearan, faic [Cuir gearan thugainn - gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot)



© Crown copyright 2023



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at www.gov.scot

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government
St Andrew's House
Edinburgh
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-975-6 (web only)

Published by The Scottish Government, June 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA
PPDAS1308783(06/23)

W W W . g o v . s c o t